

# BÒRD NA GÀIDHLIG AITHISG BHLIADHNAIL AGUS CUNNTASAN

A' BHLIADHNA A CHRÌOCHNAICH AIR 31 MÀRT 2018

## ANNUAL REPORT AND ACCOUNTS

YEAR ENDED 31 MARCH 2018





# CLÀR-INNSE

# CONTENTS

---

## AITHISG COILEANAIÐH

Aithisg a' Chathraiche	<b>07</b>
Lèirmheas a' Cheannaird	<b>12</b>
Aithris air Raon-ùghdarrais na Buidhne	<b>16</b>
Mion-Sgrùdadadh air Coileanadh	<b>34</b>

## AITHISG CUNNTACHALACHD


Aithisg air Riaghladh Corporra	<b>56</b>
Aithisg air Tuarastalan is Luchd-obrach	<b>73</b>
Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich	<b>84</b>
Aithrisean is Notaichean Ionmhasail	<b>92</b>

## PERFORMANCE REPORT

Cathraiche's (Chair's) Report	<b>07</b>
Ceannard's (CEO's) Review	<b>12</b>
Purpose Statement	<b>16</b>
Performance Analysis	<b>34</b>

## ACCOUNTABILITY REPORT

Corporate Governance Report	<b>56</b>
Remuneration and Staff Report	<b>73</b>
Independent Auditor's Report	<b>84</b>
Financial Statements and Notes	<b>92</b>



# AITHISG COILEANAIÐH

# PERFORMANCE REPORT

## Sealladh Farsaing

Tha Bòrd na Gàidhlig a' foillseachadh na h-Aithisge Bliadhnaile agus nan Cunntasan aige airson na bliadhna 1 Giblean 2017 gu 31 Màrt 2018. Chaidh na cunntasan ullachadh ann an cruth a tha a rèir stiùireadh a fhuaras bho Mhinistearan na h-Alba agus sin a' cumail ri Earrainn 8 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

## Soirbheachadh is Adhartas

- Chaidh Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 fhoillseachadh
- Chùm sinn oirnn ag obair còmhla ri ar luchd-ùidhe a' gabhail a-steach nam buidhnean poblach a tha a' dèanamh obair riatanach gus Gàidhlig a thoirt air adhart - Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, MG ALBA, VisitAlba, Ùghdarrasan Ionadail agus càch
- An àireamh de Phlanaichean Gàidhlig ùra is feadhainn a chaidh ùrachadh
- A' gabhail pàirt ann an Còmhaghail na Gàidhealtachd is nan Eilean - a' sealltann cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig san fharsaingeachd an lùib na h-eaconamaidh agus chûisean sòisealta
- A' conaltradh ri coimhearsnachdan - chaidh coinneamh a' Bhùird Stiùridh a chumail ann an Loch Abar; chaidh co-chomhairleachaidhean coimhearsnachd a chumail air an dreachd den Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig agus air Ro-innleachd Chultarach na h-Alba ùr aig Riaghaltas na h-Alba
- Chaidh freagairtean a thoirt do cho-chomhairleachaidhean poblach air leasachaidhean cudromach a bheir buaidh air a' Ghàidhlig leithid Riaghlaigh air Foghlam, Bile nan Eilean, agus Reachdas airson Eucoir-gràine
- Chaidh sgoil Ghàidhlig ùr a thogail ann am Port Rìgh
- A' gabhail pàirt sa bhuidhinn-obrach airson treas sgoil Ghàidhlig ann an Glaschu

## Overview

Bòrd na Gàidhlig presents its Annual Report and Accounts for the year from 1 April 2017 to 31 March 2018. The accounts have been prepared in the form directed by the Scottish Ministers in accordance with Section 8 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.

## Significant Achievements

- Launch of the National Gaelic Language Plan 2018-23
- Continued collaboration with stakeholders including the public bodies essential to Gaelic development - Creative Scotland, Highlands and Islands Enterprise, MG ALBA, VisitScotland, Local Authorities and others
- Number of new and next iteration Gaelic language plans
- Participation in Convention of the Highlands & Islands - demonstrating the importance of the wider economic and social context for Gaelic
- Community conversations – board meeting held in Lochaber; community consultations on the draft National Gaelic Language Plan and the Scottish Government's new Cultural Strategy for Scotland
- Responses to public consultations on key developments impacting on Gaelic including Education Governance, Islands Bill, and Hate Crime Legislation
- Development of a new Gaelic school in Portree
- Participation in the working group for 3rd Gaelic school in Glasgow

- Ro-aithris gum bi àireamh nas àirde de dhaoine a' ceumnachadh agus a' gabhail dreuchd mar thidsear fo dhearbhadh; daoine a' cur crioch air a' Chùrsa Bhogaidh Ghàidhlig do Luchd-teagaisg agus Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach ann an sgilean Gàidhlig
- Goireasan foghlaim Gàidhlig ùra air-loidhne gu bhith air an cruthachadh
- Bliadhna na h-Òigridh – am measg nam prìomh phròiseactan tha: maoineachadh airson oifigeal leasachaidd Gàidhlig aig Young Scot; greisean gniomhachais is greisean trèanaidh do luchd-ceuma aig The Sheiling, Stòrlann Nàiseanta, buidhnean ealain; agus sgoilearachd dhidseatach sna gniomhachasan cruthachail.
- Increased numbers projected to graduate and take up probationary roles as teachers; Gaelic Immersion for Teachers graduates and CPD in Gaelic language skills
- New online educational resources to be created
- Year of Young People – key projects include funding for Gaelic development officer at Young Scot; graduate placements and traineeships at The Sheiling, Stòrlann Nàiseanta, arts organisations; and creative industries digital scholarship.

# AITHISG A' CHATHRAICHE

# CATHRAICHE'S (CHAIR'S) REPORT



**Ailean Dòmhnullach**

Cathraiche

**Allan MacDonald**

Cathraiche

Tha e a' tort toileachas mòr dhomh Aithisg Bhliadhnaidh is Cunntasan Bhòrd na Gàidhlig airson 2017/18 a chur mur coinneimh.

Cha bu bheag na leasachaidhean is adhartas a chunnacas thairis air a' bhliadhna sin agus am measg nan rudan a bu chudromaiche a choilean sinn nar n-obair fhìn bha foillseachadh a' Phlana Càinain Nàiseanta Ghàidhlig airson 2018-2023.

Chaidh am Plana Càinain Nàiseanta Ghàidhlig ullachadh às deidh co-chomhairleachadh poblach farsaing a chaidh a chumail thar ùine agus tha am Bòrd fior thoilichte leis na beachdan taiceil a fhuair iad a thaobh cruth a' Phlana. Cuideachd, agus nas cudromaiche buileach, bha e cho math cluinntinn gun robh daoine ag aontachadh ri brigh a' Phlana sa bheil mineachadh soilleir is pongail air ar priomh amasan is cinn-uidhe airson na Gàidhlig. Tha am Plana a' sealltainn na tha Bòrd na Gàidhlig an dùil a choileanadh, ann an co-bhuinn ri Riaghaltas na h-Alba agus priomh luchd-compàirt eile air feadh na h-Alba.

Tha na ceanglaichean eadar a' Ghàidhlig agus cùisean eaconamach is sòisealta san fharsaingeachd nam pàirt cudromach den Phlana Càinain Nàiseanta Ghàidhlig ùr agus tha Bòrd na Gàidhlig air taic a thoirt do ghrunn phròiseactan a tha ag amas air obraichean a chruthachadh, agus mar thoradh orra sin thèid Gàidhlig a chleachdadh barrachd agus a chur air adhart sna coimhearsnachdan sin.

It gives me great pleasure to present you with the Annual Report and Accounts in relation to the work of Bòrd na Gàidhlig throughout 2017/18.

There have been a number of highlights throughout the year with the launch of the National Gaelic Language Plan 2018-2023 being very much at the forefront of our activities.

The National Gaelic Language Plan has been produced following an extensive period of public consultation and the Bòrd are delighted with the positive feedback which it has received in relation to the design of the Plan. Also, more importantly, agreement with the content which clearly and concisely lays out the major aims and objectives for Gaelic is welcome. The content sets out what Bòrd na Gàidhlig will work to meet, in collaboration with the Scottish Government and other key partners across Scotland.

The wider economic and social context for Gaelic is a key driver in the new National Gaelic Language Plan and Bòrd na Gàidhlig has supported several projects aimed at creating employment, which will lead to increased usage and promotion of Gaelic in communities.

## AITHISG A' CHATHRAICHE

## CATHRAICHE'S (CHAIR'S) REPORT

Tha leasachaidhean cudromach air a bhith ann am foghlam, leithid Bun-sgoil Ghàidhlig ùr ann am Port Righ agus an naidheachd a dh'fhoillsich an Leas Phriomh Mhiniestear gun tèid treas sgoil Ghàidhlig fhosgladh ann an Glaschu. Cumaidh am Bòrd air a' toirt taic do phàrantan a tha airson foghlam tron Ghàidhlig a stèidheadachadh is a leudachadh ann an sgirean leithid Dhùn Èideann, Earrá-Ghàidheal is Bhòid agus àiteachan eile.

The opening of the new Gaelic Primary School in Portree and the announcement of a third Gaelic school in Glasgow by the Deputy First Minister are key developments in education. The Bòrd will continue to support parents who wish to see Gaelic medium education developed and expanded in areas such as Edinburgh, Argyll and Bute and elsewhere.



Tha e na adhbhar gàirdeachais a bhith a' faicinn BBC ALBA is FilmG a' comharrachadh 10 bliadhna bho thòisich iad. Tha sinn a' cur fàilte air na leasachaidhean com-pàirteach aig ire eadar-nàiseanta a chunnacas o chionn ghoirid is air a' mhaoineachadh a chaidh a chosg air prògraman a bheir toileachas mòr don luchd-amhairc. Tha a' bhuidheann litreachais, Comhairle nan Leabhraichean, a' comharrachadh a' 50mh ceann-bliadhna aca ann an 2018. Tha seo a' tighinn às dèidh a' 40mh ceann-bliadhna aig Acair a chomharrach iad ann an 2017. Tha sinn a' cur meal-a-naidheachd orra uile agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith gam faicinn a' togail air an obair a rinn iad ann a bhith a' toirt na Gàidhlig air adhart ann an Alba is thall thairis.

It is pleasing to see BBC ALBA and FilmG celebrate their 10th anniversaries. The recent international collaborations and investment in programming are excellent and will be warmly welcomed by audiences. Gaelic publishers, Comhairle nan Leabhraichean, are celebrating their 50th anniversary in 2018. This follows on from Acair's celebrations for their 40th anniversary in 2017. We congratulate them all and look forward to their continued role in helping Gaelic to move forward in Scotland and overseas.

A bharrachd air ar taic don Phèis Eadar-Cheilteach, bha am Bòrd fior thoilichte a bhith ag obair còmhla ri MG ALBA agus daoine eile gus a' chuirme iomraiteach, Òrain nan Gàidheal, a chur air dòigh aig Celtic Connections ann an 2018. Bha oidhche air leth de cheòl is seinn ann le feadhainn de na sàr sheinneadairean Gàidhlig is luchd-ciùil à Alba agus Orcastra Cho-cheòlach na h-Alba aig a' BhBC an làthair agus an talla loma-làn.

Tha taic phoilitigeach don Ghàidhlig cho cudromach 's a bha i riamh agus tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith ag obair, agus cumaichd sinn oirnn ag obair, le Riaghaltas na h-Alba agus gach partaidh poilitigeach a chum maith cànan is cultar na Gàidhlig. Tha e air a bhith dha-rìribh math an ire de thaic fhaicinn bho na partaidhean uile don Ghàidhlig agus a bhith a' cluinntinn o chionn beagan mhiosan Buill Pàrlamaid leithid Ceit Fhoirbeis BPA, Dòmhnull Camshron BPA agus Alasdair Allan BPA uile a' bruidhinn sa Gàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba. Tha am Bòrd gu daingeann den bheachd gun cuidich taic mar seo agus an inbhe a tha an cànan a' faighinn, agus i air a cleachadh sa Phàrlamaid, leis an amas gus a' Ghàidhlig fhighe a-steach do bheatha muinntir na h-Alba mar nì àbhaisteach.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur sùim mhòr san taic is comhairle a gheibhear bho dhiofar choimhearsnachdan air feadh na dùthcha agus mar phàirt den obair a rinn sinn thar àine na h-aithisge chùm sinn tachartasan co-chonaltraidh coimhearsnachd ann an sgìrean leithid Loch Abar, Na h-Eileanan an Iar agus An t-Eilean Sgitheanach.

Cuideachd sa bhliadhna a dh'fhalbh chuala sinn naidheachdan glè dhuilich agus b' e buille chruaidh dha-rìribh a bh' ann a bhith a' cluinntinn gun do bhàsaich cuid de na sàr Ghàidheil a bha air uiread a dhèanamh airson na Gàidhlig thar nam bliadhnaichean.

In addition to its support for the Interceltique Festival, the Bòrd was delighted to work with MG ALBA and others on the hugely successful Òrain nan Gàidheal production at Celtic Connections 2018. This saw some of Scotland's foremost Gaelic singers and musicians team up with the BBC Scottish Symphony Orchestra to produce a stunning evening's entertainment to a packed audience.

Political support for Gaelic remains crucial and Bòrd na Gàidhlig has, and will, continue to work with the Scottish Government and all political parties for the benefit of the Gaelic language and culture. It has been particularly pleasing to note the level of cross-party support for Gaelic and the contributions made in Gaelic in the Scottish Parliament in recent months by the likes of Kate Forbes MSP, Donald Cameron MSP and Alasdair Allan MSP. The Bòrd firmly believes that this kind of public support and use of the language in the country's Parliament can only help with the objective of normalising the Gaelic language.

Bòrd na Gàidhlig greatly values the support and input of the various communities around Scotland and our work over the period of this report has included community engagement events in areas such as Lochaber, the Western Isles and Skye.

The past year has also brought some sad news and it was with a great sense of sadness and loss that we heard of the passing of several Gaels who each played their part in helping Gaelic to prosper over the years.

## AITHISG A' CHATHRAICHE

## CATHRAICHE'S (CHAIR'S) REPORT

Bha cliù mòr aig Iain MacLeod nach maireann airson na h-obrach möire a rinn e fad iomadh bliadhna airson a' chànan, gu h-àraidih còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealach agus an lùib a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail, agus gu dearbh mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig.

John MacLeod was well known for his work over many years, particularly with the likes of An Comunn Gàidhealach and The Royal National Mòd, having also been a Board member of Bòrd na Gàidhlig.



Cuideachd, chaill sinn dithis Ghàidheal iomraiteach eile, Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain agus Tormod MacIllEathain, a choisinn ainm dhaibh fhèin airson na h-obrach ionmholta a rinn iad an lùib craoladh agus dibhersain, agus chuidich an dithis aca gu mòr le bhith a' cur na Gàidhlig air adhart ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta.

Rinn Dòmhnull MacLeod (Isle) agus Laura Jane Rintoul (Peairt) obair mhòr airson na Gàidhlig cuideachd sna coimhearsnachdan aca fhèin agus air feadh Alba.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh luaidh orra uile agus a' toirt aithne do na choilean na daoine seo dha roibh spèis mhòr aig daoine agus a nochd uiread dichill is dealais don Ghàidhlig. Tha ar smuaintean leis na càirdean is caraidean aca. Bidh ionndrainn mhòr orra.

Seonaidh Ailig MacPherson and Norman MacLean were also well known for their immense contributions in broadcasting and entertainment, and both helped greatly to promote Gaelic throughout Scotland and also internationally.

Donald MacLeod (Islay) and Laura Jane Rintoul (Perth) both made immense contributions to Gaelic in their respective communities and across wider Scotland.

Bòrd na Gàidhlig mourns their passing and recognises the contributions that each of these highly respected individuals made and their dedication and commitment to Gaelic. We express our sympathies to their families and friends. They will be sorely missed.

---

Tha na Gàidheil seo a tha sinn air a chall thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh air dileab nach beag fhàgail againn, agus mar phàirt de sin tha iad air bun-stèidh làidir a thoirt dhuinn air an urrainn dhuinn togail, agus cumaidh Bòrd na Gàidhlig air a' stiùireadh na h-iomairt gus cànan agus cultar na Gàidhlig a thoirt air adhart agus a thoirt am feabhas.

Cumaidh am Bòrd air ag obair còmhla ri càch – còmhla ri coimhearsnachdan is daoine fa leth, a tha gu tric ag obair gu saor-thoileach, agus còmhla ris an iomadh buidheann phoblach aig a bheil Plana Gàidhlig. Tha an aon amas againn uile, gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean.

**Ailean Dòmhnullach**

Cathraiche

One of the legacies of Gaels such as those we have lost in the past year is that the Gaelic language has a solid base from which to move forward and Bòrd na Gàidhlig will continue to lead on ensuring that the language and culture will continue to develop and prosper in future years.

The Bòrd will continue to collaborate with others – communities and individuals, often working on a voluntary basis, and the many public organisations who have Gaelic Language Plans in place. We share the aim that more people will use Gaelic more often, and in more situations.

**Allan MacDonald**

Chair

# LÈIRMHEAS A' CHEANNAIRD

# CEANNARD'S (CEO'S) **REVIEW**



**Shona NicIllinnein**  
Ceannard

**Shona MacLennan**  
Ceannard (CEO)

Tha a' bhliadhna a dh'fhalbh air a bhith na h-adhbhar misneachd agus dùbhlchanach, agus tha mi gu mòr an comain mo cho-obraichean airson na tha sinn air a choileanadh còmhla ann an 2017/18. Tha mi den bheachd gun do rinn sinn adhartas nach beag.

Mar a thuirt an Cathraiche san aithisg aige, chaidh am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ùr fhoillseachadh sa Phàrlamaid sa Mhàrt 2018 agus e mar thoradh air obair mhòr a rinneadh thar àine fhada, agus e a' togail air beachdan a fhuaras bho iomadh coimhlearsnachd, buidheann agus neach fa leth agus bu mhath leam mo thaing a thoirt dhuibh uile airson na rinn sibh. Tha fios againn glè mhath nach eil an obair seachad le foillseachadh a' Phlana. 'S e toiseach ar n-obrach a th' ann gus amasan a' Phlana ùir a chur an gniomh, Plana a bhuineas ri Alba air fad, agus tha sinn a' dèanamh fiughair mhòr ri bhith a' coileanadh na chuir sinn romhainn.

Tha priomh theachdaireachdan a' Phlana a' buntainn ri bhith a' toirt fàs air cleachdadadh is ionnsachadh na Gàidhlig agus ri bhith a' cur na Gàidhlig air adhart, leis an amas gun tèid Gàidhlig a chleachdadadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean. Stiùridh na prionnsapalan seo ar n-obair sna bliadhnaichean ri thigheann agus e san amharc dhuinn togail air na choilean sinn sna bliadhnaichean a dh'fhalbh.

The year past has been inspiring and challenging and I am much indebted to the work of my colleagues for all that we have achieved during 2017/18. I believe we have made substantial progress.

As mentioned in the Cathraiche's report, the launch of the new National Gaelic Language Plan at Parliament in March 2018 was the culmination of a long period of intensive work, drawing together the views of many communities, organisations and individuals and I would like to thank you all for your input. We are very aware that the launch is not the end of the process. It is the beginning of our work to implement the objectives of the new Plan, which is for the whole of Scotland, and we look forward with excitement to that.

The key messages in the Plan focus on increasing the use, learning and promotion of Gaelic with the aim that more people use Gaelic, more often and in more situations. These principles will guide our work during the coming years and we aim to build on our successes of the year past.

## Dùbhlain is Cothroman

Chithear gu cunbalach sna pàipearan-naidheachd nàiseanta is ionadail, agus sna meadhanan air-loidhne, daoine a' càineadh is a' cur sios air cànan is cultar na Gàidhlig agus air tòrr de na buidhnean is daoine a tha ag obair gus a' Ghàidhlig a chur air adhart is a leasachadh.

## Challenges and opportunities

The Gaelic language, its culture and the many organisations and individuals that work on the promotion and development of Gaelic in Scotland are regularly faced with negative comment and criticism in the national and local print and online media.



'S e dùbhlain a tha seo fhathast, ach tha e cuideachd a' toirt cothrom dhuinn agus cumaidh Bòrd na Gàidhlig air a' toirt fhreagairtean fiosrachail is misneachail do leithid a chàineadh agus tha sinn an comain nan daoine a bhios a' toirt freagairt do leithid a bheachdan is a dh'fiosrachadh a tha uaireannan ceàrr agus gun adhbhar. Cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri buidhnean, air a bheil e mar dhleastanas taic a thoirt do mhion-shlòigh, gus beachdan dhaoine atharrachadh agus barrachd dion a chur air luchd-labhairt na Gàidhlig.

This area of our work remains a challenge, but also provides an opportunity and Bòrd na Gàidhlig will continue to respond positively to this criticism and is grateful for the support of others who respond to what are, at times, unwarranted and inaccurate statements. We will continue to work with those organisations whose functions include supporting minorities to effect change in attitudes and strengthen protection for Gaelic speakers.

## LÈIRMHEAS A' CHEANNAIRD

## CEANNARD'S (CEO'S) REVIEW

Mar a tha am Plana Nàiseanta ùr a' déanamh soilleir, tha dùblain dheimografach, eaconamach is sòisealta sna sgìrean eileanach is dùthchail far a bheil Gàidhlig na cànan coimhairsnachd a' cur cor na Gàidhlig sna sgìrean sin ann an cunnart nach beag agus bidh an obair againn sa bhliadhna ri thiginn gu h-àraidh ag amas air taic a thoirt do na coimhairsnachdan sin agus do luchd-labhairt na Gàidhlig a tha a' fuireach annnta. Ri linn mar a tha barrachd fearainn is stòrasan eile ann an làmhan na coimhairsnachd, tha cothroman ann obrachadh leis na coimhairsnachdan sin agus rinn sinn sin le bhith a' toirt taic do dh'Urras Oighreachd Ghabhsainn leis na planaichean aca airson ionad coimhairsnachd a stèidheachadh agus do Glaschu.net gus fàs a thoirt air coimhairsnachd na Gàidhlig ann an Glaschu.

As the new National Plan makes clear, demographic, economic and social challenges in the island and rural areas where Gaelic is a community language are a serious threat to the language's survival and our work in the coming year will focus particularly on supporting those communities and Gaelic speakers within them. The growth of community ownership of land and other assets offers a range of opportunities to work with those communities and we have achieved this with supporting Urras Oighreachd Ghabhsainn in their plans to develop a community centre and with Glaschu.net to grow the Gaelic community in Glasgow.



## A' Coimhead air Adhart

Bho thoiseach 2018 tha sinn air a bhith ag amas gu h-àraidh – coltach ri iomadh buidheann eile – air taic a thoirt do agus gàirdeachas a dhèanamh ri Bliadhna na h-Òigridh, agus cumaidh sinn oirnn le sin sna mìosan a tha romhainn.

'S e a th' ann an 2019, Bliadhna nan Cànanan Dùthchasach aig UNESCO, agus obraichidh Bòrd na Gàidhlig còmhla ri càch ann an Alba agus thall thairis gus aon de chànanan dùthchasach na h-Alba a chur air adhart. Tillidh Fèis nam Meadhanan Ceilteach a dh'Alba an ath-bhliadhna agus i a' comharrachadh 40 bliadhna agus gheibhearr cothrom an lùib sin gus bratach craoladh is meadhanan didseatach na Gàidhlig a thogail an àirde.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri fosgladh na treas Sgoile Gàidhlig ann an Glaschu agus a bhith ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus luchd-compàirt eile gus leudachadh a thoirt air foghlam tron Ghàidhlig is foghlaam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Alba.

**Shona NicIllinnein**  
Ceannard

## Looking Forward

Since the start of 2018, our focus – like many other organisations – has been on contributing to and celebrating the Year of Young People and we will continue with that in the coming months.

2019 is the UNESCO Year of Indigenous Languages and Bòrd na Gàidhlig will work with others in Scotland and overseas to promote one of Scotland's indigenous languages. Next year will also see the Celtic Media Festival come back to Scotland in its 40th year and this will be an opportunity to further celebrate broadcasting and digital media in Gaelic.

We look forward to the opening of the third Gaelic School in Glasgow and working with local authorities and other partners to expand the provision of Gaelic medium and Gaelic learner education in Scotland.

**Shona MacLennan**  
Ceannard

# AITHRIS AIR RAON-ÙGHDARRAIS NA BUIDHNE

## PURPOSE STATEMENT

### Ar n-Àrd-amas

Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinnintinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ire 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prisail a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

### Ag innse cò sinn

'S e Bòrd na Gàidhlig a' phriomh bhuidheann phoblach ann an Alba le uallach gus leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhiniestaran na h-Alba mu chùisean Gàidhlig.

### Na tha sinn a' dèanamh:

- Ag ullachadh a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus a' co-òrdanachadh coileanadh a' Phlana sin
- A' toirt stiùireadh do mar a thèid Planaichean Gàidhlig nan Ùghdarrasan Poblach ullachadh is a chur an gniomh
- A' foillseachadh stiùireadh reachdail gus foghlam Gàidhlig a thoirt air adhart
- A' toirt comhairle do Mhiniestaran Riaghaltas na h-Alba air cùisean Gàidhlig
- A' toirt seachad maoineachadh gus Gàidhlig a thoirt air adhart
- A' toirt stiùireadh is comhairle seachad mar thaic do dh'iomairetan Gàidhlig
- A' cur na Gàidhlig air adhart gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, agus
- A' toirt fa-near do is a' frithealadh air feumalachdan nan coimhersnachdan.

Airson tuilleadh fiosrachaiddh, faicibh ar Plana Corporra aig [www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot)

### Our Vision

Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national cultural and economic asset.

### Who we are

Bòrd na Gàidhlig is the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development, including providing advice to the Scottish Ministers on Gaelic issues.

### What we do:

- Produce the National Gaelic Language Plan and co-ordinate its delivery
- Oversee the development and implementation of Gaelic Language Plans by Public Authorities
- Issue statutory guidance to develop Gaelic education
- Advise Scottish Government Ministers on Gaelic issues
- Distribute funds for the development of the Gaelic language
- Provide leadership and advice in support of Gaelic language initiatives
- Promote Gaelic locally, nationally and internationally
- Listen and react to the needs of communities.

For more information, see our Corporate Plan at [www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot)

## Structar is àrainneachd obrach na buidhne


Tha am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig, a thèid ullachadh a h-uile còig bliadhna, a' sealltainn cinn-uidhe is suidheachadh ro-innleachdail is obrach na buidhne. Tha ar cinn-uidhe chorporra a' togail air priomhachasan a' Phlana Nàiseanta agus tha ar plana gniomh bliadhnailean stèidhichte air na cinn-uidhe sin. Bidh iad sin cuideachd a' toirt stiùireadh do mar a thèid planadh a dhèanamh airson agus feum a dhèanamh de ar luchd-obrach is ionmhas.

## Structar na Buidhne

## Our business model and environment

The National Gaelic Language Plan, produced every five years, sets our strategic and operational context. Our corporate objectives are drawn from the National Plan's priorities and inform our annual operational planning. These also guide our human resources and financial planning and deployment.

## Organisational structure



Faicibh Aithisg nan Stiùirichean air duilleag 56 gu 58 airson fiosrachadh ionlan.

See Directors' Report pages 56 to 58 for full details.

# AITHRIS AIR RAON-ÙGHDARRAIS NA BUIDHNE

## PURPOSE STATEMENT

### Cinn-uidhe is Ro-innleachdan

B' e am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig airson 2012-2017 a' phriomh sgriobhainn a bha fhathast a' stiùireadh obair is amasan ro-innleachdail Bhòrd na Gàidhlig ann an 17/18, fhad 's a bhathar ag ullachadh a' Phlana Nàiseanta ùir.

Mar an ceudna, bha ar n-obair ann an 17/18 air a stiùireadh leis a' Phlana Chorporra airson 2014-2017 agus bha ar Priomh Chomharraan Coileanaidh (PCC) stèidhichte air a' Phlana sin. Gus tomhas a dhèanamh air ireach-coileanaidh ann an 17/18, chaidh coimeas a dhèanamh eadar na toraidhean/builean agus na targaidean a chaidh a stèidheachadh mu choinneamh nan ceann-uidhe ro-innleachdail sa Phlana Chorporra airson 2014-2017. Chì sibh gearr-chunntas air coileanadh airson 17/18 gu h-iosal.

Tha am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-2023 a' toirt Frèam-obrach Ro-innleachdail dhuinn leis an urrainn dhuinn ar priomhachasan obrach a stèidheachadh thairis air còig bliadhna. Tha ar [Plana Corporra 2018-2023](#) a' toirt plana obrach ro-innleachdail dhuinn a tha stèidhichte air priomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-2023.

Chaidh àrd-amas soilleir agus priomh chinn-uidhe a chomharrachadh gus priomhachasan ro-innleachdail na priomh sgriobhainne poileasaidh airson na Gàidhlig a chur air adhart agus a thoirt gu buil, agus gus cumail ris na tha Riaghaltas na h-Alba a' Sùileachadh aig Ìre Chorporra bho Bhuidhnean Poblach. Chuir am Ministear agus am Bòrd Stiùiridh aonta ris a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig sa bhliadhna ionmhais 17/18, agus chuir iad aonta ris a' Phlana Chorporra sa bhliadhna ionmhais 18/19.

### Objectives and strategies

The National Gaelic Language Plan 2012-2017 remained the key document for directing Bòrd na Gàidhlig's strategic and operational direction in the 17/18, while the new National Plan was being developed.

Similarly, the Corporate Plan 2014-2017 continued to set direction and KPIs for 17/18. To monitor performance during 17/18 the actual outputs/outcomes were compared to the targets set for the strategic objectives given in the 2014-2017 Corporate Plan. See below for the performance summary for 17/18.

The National Gaelic Language Plan 2018-2023 provides the Strategic Framework to enable us to prioritise our operation for a five-year period. Our [Corporate Plan 2018-2023](#) sets out a strategic work plan that matches the priorities of the 2018-2023 National Gaelic Language Plan.

A clear vision and key objectives have been identified to promote and deliver the strategic priorities of the principal policy document for Gaelic, as well as alignment to the Scottish Government's Corporate Expectation of Public Bodies. The National Gaelic Language Plan received Ministerial and Board approval during financial year 17/18, and the Corporate Plan during financial year 18/19.

---

Sa Phlana Chorporra airson 2018-2023 tha ceithir priomhachasan ro-innleachdail:

- Gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadhan Gàidhlig agus a' faotainn bhuanachdan bhon chànan nan obair, aig an taigh agus sna coimhearsnachdan aca.
- Gum bi barrachd chothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhada dhaibh na cothroman sin a ghabhail.
- Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil do chànan is cultar na Gàidhlig.
- Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.

## Rianachd Chunnartan

Ar deòin gus gabhail ri cunnartan agus rianachd chunnartan

Tha mar a shoirbhicheas le ar n-obair an crochadh air mar as urrainn dhuinn maoineachadh is taic eile a thoirt seachad agus pròiseactan a libhrigeadh a tha a' cur ris an àireamh dhaoine a tha a' cleachdadhan Gàidhlig agus a' cuideachadh le bhith a' gleidheadh a' chànan do na ginealaich a tha ri thigheinn.

Le bhith a' dèanamh sin, tha sinn a' cumail oirnn a' fighe rianachd chunnartan air feadh ar n-obrach agus sinn a' measadh chunnartan is chothroman mar phàirt bunaiteach de stiùireadh ro-innleachdail na buidhne. Mar bhuidhinn phoblaich, tha cho deònach 's a tha sinn gabhail ri cunnartan an urra ris an t-suidheachadh phoilitigeach agus ri cùisean eaconamach. Ge-tà, tha e mar uallach oirnn mion-chànan is mion-choimhearsnachd a chur air adhart agus an dion, agus mar sin, feumaidh sinn uaireannan, ri linn ar n-obrach, a bhith nas deònaiche gabhail ri cunnartan.

The Corporate Plan 2018-2023 promotes four strategic priorities:

- More people using and benefiting from Gaelic at work, at home and in the community.
- Opportunities for people to develop their Gaelic skills at any age increase and are more accessible.
- More people in Scotland are positive about Gaelic language and culture.
- Bòrd na Gàidhlig continues to develop how it works.

## Risk Management

Risk appetite and approach to risk management

Our success depends on the ability to deliver funding, projects and other support which increase the number of people using the Gaelic language and contribute to ensuring its existence for future generations.

In doing so, we continue to develop an embedded approach to risk management which puts risk and opportunity assessment at the heart of our strategy. As a public sector organisation our appetite for risk is informed by political and economic contexts. However, our responsibility is for promoting and safeguarding a minority language and a minority community and therefore our work demands that in some contexts we must have a greater appetite for risk.

# AITHRIS AIR RAON-ÙGHDARRAIS NA BUIDHNE

---

## PURPOSE STATEMENT

---

### A' Bhuidheann is Modhan-obrach

Tha am Bòrd Stiùiridh a' gabhail uallach iomlan airson rianachd chunnartan agus airson a bhith a' dèanamh breithneachadh air cho èifeachdach 's a tha siostaman a' Bhùird airson rianachd chunnartan is in-smachd.

Tha am Bòrd Stiùiridh air structar soilleir a stèidheachadh airson na buidhne agus tha e air a mhineachadh gu soilleir cò ris a tha na priomh chunnartan a th' ann don bhuidhinn an urra. Bidh an Ceannard agus an Sgioba Stiùiridh a' stiùireadh na h-obrach seo, agus tha e mar uallach orra sùil gheur a chumail air na priomh chunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann don Bhòrd. Bidh am Bòrd Stiùiridh a' dèanamh sgrùdadadh air na raointeal seo far a bheil cunnartan, agus mar phàirt de sin bidh iad a' beachdachadh air cùisean ro-innleachdail, obrach, ionmhaisail, laghail agus air mar a tha a' bhuidheann a' cumail ri reachdas. Thèid an sgrùdadadh sin a dhèanamh gach ràith.

Airson gach priomh chunnart, tha frèam-obrach againn gus rian a chumail air, le fiosrachadh air a' mheasadh a rinn sinn air a' chunnart, na modhan-smachd a tha gan cur an sàs, cò ris a tha e an urra rian a chumail air a' chunnart, agus fios air gniomhan sam bith eile a tha dhith gus an cunnart a lùghdachadh.

Measadh a' Bhùird Stiùiridh air mar a Thathar a' Cumail ris an Fhrèam-obrach airson Rianachd Chunnartan

Mar thaic don sgrùdadadh a nì am Bòrd Stiùiridh air cunnartan, bidh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan cuideachd a' dèanamh sgrùdadadh gach bliadhna air an t-siostam rianachd chunnartan. Gheibhearr fiosrachadh air obair na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan a thaobh seo san Aithris air Riaghlaigh air duilleagan 58 – 61. Thèid breithneachadh a dhèanamh air co-dhùnaidhean, a dh'fhaodadh buaidh shusbainteach a thoirt air a' Bhòrd, aig coinneamhan a' Bhùird Stiùiridh nuair a tha sin a dhith.

### Organisation and Process

The Board assumes overall responsibility for the management of risk and for reviewing the effectiveness of the Bòrd's risk management and internal control systems.

The Board has established a clear organisational structure with well-defined accountabilities for the principal risks the organisation faces. This is overseen by the Ceannard and the Leadership Team, who have an active responsibility for focusing on the principal areas of risk to the Bòrd. The Board reviews these risk areas, including consideration of strategic, operational, financial and legal and compliance matters. This review is undertaken quarterly.

For each of our principal risks we have a risk management framework detailing our assessment of the risk, the controls we have in place, who is responsible for managing the risk, as well as any further mitigating actions required.

### Board's Assessment of Compliance with the Risk Management Framework

The Board's risk review is supported by an annual review of the risk management system undertaken by the Audit and Risk Management Committee. Details of the activities of the Audit and Risk Management Committee in relation to this can be found in the Governance Statement on pages 58 – 61. Decisions that could have a material impact on the Bòrd are reviewed as and when required at Board meetings.

## Priomh Chunnartan

B' e am priomh chunnart ro-innleachdail a chaidh a chomharrachadh gum faodadh gum faighear Tabhartas gus Cuideachadh nas lughà às dèidh an ath Ath-sgrùdaidh air Caiteachas Poblach ri linn poileasaidhean is modhan-obrach an Riaghaltais co-cheangalite ri teannas. Nan tachradh sin cha bhiodh am Bòrd, no na buidhnean dha bheil e a' toirt maoineachadh, cho comasach air priomh amasan an Riaghaltais a choileanadh, no air cuideachadh le bhith gan coileanadh, amasan a gheibhear an cois leithid targaidean an Fhrèam Choileanaidh Nàiseanta, am Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. 'S e a th' ann an cunnart obrach cunnart a dh'èireas ri linn shiostaman, pròiseasan, daoine agus nithean a thachras taobh a-muigh na buidhne a bheir buaidh air obair na buidhne, a' gabhail a-steach tèarainteachd dhidseatach, sgiobachd agus cliù.

## Adhbharan Cunnairt

Faodaidh cunnartan is mi-chinnt de dhiofar sheòrsaichean buaidh a thoirt air an obair againn. Gu h-iosal, chithear na cunnartan a thathar an-dràsta a' meas a dh'fhaodadh a' bhuaidh as mothà a thoirt air mar a choileanas am Bòrd an obair aige. Dh'fhaodadh iad seo atharrachadh thairis air a' bhliadhna. Bheirear beachdan seachad air na gniomhan a chuidicheas le bhith a' cumail rian is a' lùghdachadh nan cunnartan seo. Mura tèid cuid de na gniomhan lasachaidh seo a thoirt gu buil, dh'fhaodadh na cunnartan droch bhuaidh a thoirt air irean-coileanaidh na buidhne, cliù na buidhne no ionmhas na buidhne.

## Principal Risks

The key strategic risk identified is that of a possible reduced Grant-in-Aid in the next spending review because of Government policies and austerity measures. This would reduce the ability of the Bòrd and the organisations it funds to deliver, or contribute to, key Government expectations, such as National Performance Framework targets, the National Gaelic Language Plan and the Education (Scotland) Act 2016. Operational risk relates to risks arising from systems, processes, people and external events that affect the operation of the organisation, including cyber security, human resources and reputation.

## Risk Factors

Our activities are subject to a variety of risks and uncertainties. Undenoted are the risks currently regarded as most significant to the Board's performance. These may change over the passage of the year. Comments are made on the mitigating actions that will help manage these risks. If some of these mitigating actions are not successfully deployed this could result in an adverse impact on performance, financial loss and reputational loss.

# AITHRIS AIR RAON-ÙGHDARRAIS NA BUIDHNE

Mineachadh air a' Chunnart	Dè tha sinn a' Dèanamh gus Rian a Chumail air a' Chunnart
<b>TFC is Tèarainteachd Dhidseatach</b>  Tha am Bòrd an urra ri teicneòlas fiosrachaiddh is conaltraidh agus siostaman cudromach gus taic a chumail ris a' buidhnean eile, bidh am Bòrd a' leasachadh nan siostaman TFC aige, ach dh'faodadh gun deigheadh ionnsaigh dhidseatach a thoirt air siostaman a' Bhùird agus le sin tha cunnartan ann gun tèid ionmhas a chall agus gun tèid dàta diomhair fhoillseachadh no nach bi dàta ri fhaotainn tuilleadh.	Tha taghadh farsaing de shiostaman tèarainteachd aig a' Bhòrd airson TFC, air am bi daoine le eòlas spèisealta bho thaobh a-muigh na buidhne a' dèanamh sgrùudadh is deuchainn gus dèanamh cinnteach gu bheil iad làidir gu leòr.  A thaobh a bhith a' leasachadh ar siostaman, bidh rianan-riaghlaidh freagarrach ann airson phròiseactan mòra.  A bharrachd air a bhith a' fastadh companaidh TFC le eòlas spèisealta ann an 2016/17 gus taic a thoirt do dh'obair na buidhne, chaidh ar bathar bog agus bathar cruidh ùrachadh nuair a bha feum air sin gus ar siostaman a neartachadh.
<b>Maoineachadh</b>  Ri linn mar a tha an teannas a' leantainn agus a' mhì-chinnt a th' ann a thaobh na h-eaconamaidh, tha cunnart ann gun tèid an Tabhartas gus Cuideachadh a lùghdachadh agus bheireadh sin buaidh air mar as urrainn don Bhòrd a dhleastanasan is a chinn-uidhe a choileanadh.	Tha sinn a' cumail suas conaltradh èifeachdach le ar Roinn Mhaoineachaiddh is am Ministear gus dèanamh cinnteach gun tuig iad gu ceart dè na dleastanasan a th' oirnn agus gun toir iad taic do ar n-obair; a' sealltann mar a thathar a' dèanamh feum math de stòrasan a' Bhùird agus cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig do dh'eaconamaidh, cultar is comann-sòisealta na h-Alba.
<b>Taic Phoilitigeach don Ghàidhlig</b>  Nan tigeadh lùghdachadh air an taic phoilitigich don Ghàidhlig, chuireadh sin an t-adhartas a rinneadh gu ruige seo ann an cunnart agus bhiodh e na bu dhuilghe tuilleadh adhartais a dhèanamh, gu h-àraidh a thaobh foghlaim.	A' dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile partaidh fiosrachadh gu cunbalach air a' Ghàidhlig; a' dèanamh cinnteach gun cumar fios ri Buidheann Thar-phartaidh na Gàidhlig mu dheidhinn chunnartan a th' ann no a dh'faodadh èirigh; a' cumail sùil air leasachaidhean ùra ann am foghlam agus a' cur foghlam na Gàidhlig air adhart ann an co-bhuinn ri ar luchd-compairt.
<b>Uallaichean Obrach an Luchd-obrach</b>  Ri linn barrachd uallaichean obrach air an luchd-obrach agus ionmhas agus àireamh luchd-obrach a tha a' fuireach aig an aon ire, tha cunnart ann nach urrainn don luchd-obrach cinn-uidhe a' Bhùird airson na Gàidhlig no dleastanasan corporra na buidhne a choileanadh.	A' dèanamh conaltradh mu dheidhinn phriomhachasan agus a' cumail chòmhraidhean mu leasachaidhean agus luchd-obrach ag amas gu h-àraidh air priomh dhleastanasan na buidhne a libhrigeadh. Thathar a' stèidheachadh shiostaman taice nas làidire mar thaic do leasachadh sgilean luchd-obrach agus leasachadh na buidhne. A thaobh dhleastanasan reachdail ùra, thathar a' faighinn taic bho eòlaichean bhon taobh a-muigh gus siostaman a dhealbh gus na dleastanasan sin a choileanadh.

# PURPOSE STATEMENT

---

Description of the Risk	What We Are Doing to Manage the Risk
<p><b>ICT and Cyber-Security</b></p> <p>The Bòrd relies on information and communications technology and key systems to support the organisation. In common with other organisations, the Bòrd undertakes development of its ICT systems but is susceptible to cyber-attacks with the risk of a financial loss and threat to the overall confidentiality and availability of data in systems.</p>	<p>The Bòrd has a comprehensive suite of ICT security solutions in place, which are reviewed and tested by specialist third parties.</p> <p>From a system development perspective, major projects are subject to appropriate project governance arrangements.</p> <p>The procurement of a specialist ICT business support partner in 2016/17 has been strengthened by investment in the latest software and hardware upgrades where they were deemed essential.</p>
<p><b>Funding</b></p> <p>Due to continued austerity and uncertain outlook for the economy, there is a risk of reduced Grant-in-Aid funding which would affect the Bòrd's ability to deliver its functions and objectives.</p>	<p>Continuing to maintain strong communication with Sponsor Division and Minister so as to ensure effective understanding of our role and support for our work; demonstrating effective use of resources by the Bòrd and the importance of Gaelic to Scotland's economic, cultural and social health.</p>
<p><b>Political Support for Gaelic</b></p> <p>Loss of political support for Gaelic would endanger progress achieved to date and make further progress more challenging to achieve, particularly in education.</p>	<p>Ensuring that all parties receive regular information on Gaelic; ensuring the Cross-party Group on Gaelic is informed of current and potential issues; maintaining a watching brief on new developments in education and promoting Gaelic education in collaboration with partners.</p>
<p><b>Staff Workload</b></p> <p>Due to increasing workload and standstill resources, there is a risk that staff will not be able to achieve the Bòrd's objectives for Gaelic development and corporate responsibilities.</p>	<p>Maintaining communication on priorities and discussions on developments with staff focus on delivering core functions. Development of stronger support systems for staff and organisational development are being implemented. Where new statutory responsibilities are involved, external advisors are used to develop systems to meet those requirements.</p>

# AITHRIS AIR RAON-ÙGHDARRAIS NA BUIDHNE

## PURPOSE STATEMENT

### Buidheann a tha a' Cumail a' Dol

Tha am Bòrd mothachail air mar a tha e an urra ri taic maoineachaидh leantainneach a bhith ann bho Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba. Chan eil adhbhar sam bith ann do Bhòrd na Gàidhlig smaoineachadh nach fhaigh sinn taic maoineachaидh bhon roinn mhaoineachaيدh is aonta bho na Ministearan san àm ri teachd no gum faigh Bòrd na Gàidhlig nas lugha taice.

Ged a tha na cunntasan a' sealltainn suidheachadh le feìcheanasan lom, tha sin ri linn call ann am maoin nam peinnseanan. Cha phàighear an teachd-a-steach a gheibh am Bòrd bho thobraighean maoineachaيدh eile airson a' challa ann am maoin nam peinnseanan agus bhite a' pàigheadh air a shon le tabhartasan no Tabhartas gus Cuideachadh a gheibhear bhon roinn mhaoineachaيدh againn, Roinn-stiùridh Riaghaltas na h-Alba airson Ionnsachaidh, san àm ri teachd. Tha sin air sàillibh, fo mhodhan-obrach àbhaisteach far a bheil smachd aig a' Phàrlamaid air teachd-a-steach is caiteachas, chan fhaodar leithid a thabhartasan a phàigheadh mus bi feum orra.

Mura gabhar a-steach an call ann am maoin nam peinnseanan, tha cùl-stòr luach £103,083 aig a' Bhòrd, agus tha e air dearbhadh fhaighinn air maoineachadh airson na bliadhna ionmhais 2018/19 agus chan eil adhbhar ann dha smaoineachadh nach fhaigh e maoineachadh sa bliadhna ionmhais às dèidh sin.

A rèir na chaidh a ràdh gu h-àrd, chaidh a mheasadhbh gun robh e iomchaidh na h-aithrisean ionmhasail seo ullachadh leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol.

### Going Concern

The Bòrd is cognisant of its reliance on the Scottish Government Ministers' continued financial support. The Bòrd has no reason to believe that the department's future sponsorship and future Ministerial approval will not be forthcoming or will only provide a reduced support to Bord na Gaidhlig.

Although the accounts are in a net liabilities position, this is due to the pension deficit. The pension deficit is not met from the Bòrd's other sources of income and would be met by future grants or Grant-in-Aid from its sponsor division, the Scottish Government Learning Directorate. This is because, under the normal conventions applying to parliamentary control over income and expenditure, such grants may not be paid in advance of need.

Excluding the pension deficit, the Bord has reserves of £103,083, has received confirmation of funding for the 2018/19 financial year and has no reason to believe this funding will be removed following that financial year.

Given the above, it has been considered appropriate to adopt a going concern basis for the preparation of these financial statements.



# AITHRIS AIR RAON-ÙGHDARRAIS NA BUIDHNE

---

## Gearr-chunntas air Coileanadh 17/18

Sa bhliadhna 17/18 rinn Bòrd na Gàidhlig measadh air mar a choilean e obair mu choinneamh nan ceann-uidhe ro-innleachdail a gheibhear sa Phlana Chorporra airson 2014-2017, agus e a' cleachdadadh ochd Priomh Chomharran Coileanaidh (PCC) a tha a' cleachdadadh slatan-tomhais uimhireil san fharsaingeachd. Chaidh an roghnachadh gu faiceallach gus an robh iad a' gabhail a-steach nam builean as cudromacha don bhuidhinn agus do ar luchd-ùidhe agus tha iad a' gabhail a-steach gach priomh phàirt de raon-ùgħdarrais a' Bhùird. Airson 17/18, chaidh 7 targaidean coileanaidh a ruighinn agus tha obair ga dèanamh air an 8mh tè.

## Priomh Chomharran Coileanaidh 2017-18

Àireamh a' Chinn-uidhe	Ceann-uidhe	Priomh Chomharran Coileanaidh	Targaid	Targaid air a Ruighinn
1	Fàs a thoirt air an àireamh dhaoine a tha a' cleachdadadh na Gàidhlig	<b>Priomh Chomharran Coileanaidh a h-Aon</b>  Uiread 's a tha a' Ghàidhlig air a cleachdadadh am measg dhaoine òga fo 18 mar thoradh air pròiseactan a gheibh maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig.	Taic do dh'iomairet òigridh nàiseanta ùr	✓
		<b>Priomh Chomharran Coileanaidh a Dhà</b>  An àireamh sheiseanan a thèid a libhrigeadh le buidhnean a tha ag obair còmhla ri teaghlaichean ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.	Àrdachadh de 5% san àireimh de sheiseanan Bookbug Gàidhlig [Air a thomhas a rèir bun-àireamh de 533 seiseanan Bookbug Gàidhlig ann an 2016/17]	✓

# PURPOSE STATEMENT

---

## Performance Summary 2017/18

For the year 2017/18 Bòrd na Gàidhlig measured its performance against the strategic objectives given in the 2014-2017 Corporate Plan, using eight KPIs which are mainly quantitative. They have been carefully chosen to reflect the outcomes that matter most to the organisation and its stakeholders and cover all the major areas of the Bòrd's remit. For 2017/18, 7 performance targets were achieved with work on the 8th underway.

## Key Performance Indicators 2017-18

Objective Number	Objective	Key Performance Indicator	Target	Target Achieved
1	Increasing the number of people using Gaelic	<b>Key Performance Indicator One</b>  Use of Gaelic amongst young people under 18 because of Bòrd na Gàidhlig funded projects.	New national youth initiative supported	√
		<b>Key Performance Indicator Two</b>  Number of sessions delivered by organisations working with families in communities the length and breadth of Scotland.	5% Increase in number of Gaelic Bookbug sessions [Baseline of 533 Gaelic Bookbug sessions in 2016/17]	√

# AITHRIS AIR RAON-ÙGHDARRAIS NA BUIDHNE

---

Aireamh a' Chinn- uidhe	Ceann-uidhe	Priomh Chomharran Coileanaidh	Targaid	Targaid air a Ruighinn
2	Fàs a thoirt air an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig	<p><b>Priomh Chomharra Coileanaidh a Trì</b></p> <p>An àireamh chloinne a tha a' dol gu buidhnean Gàidhlig 0-3.</p>	<p>Àrdachadh de 10% san àireamh chloinne a tha a' dol gu buidhnean Gàidhlig 0-3 [Air a thomhas a rèir bun-àireamh de 1,020 ann 2016/17]</p> <p>Co-dhiù 2 bhuidhinn Ghàidhlig ùir 0-3 air tòiseachadh [Air a thomhas a rèir bun-àireamh de 75 ann an 2016/17]</p>	✓
		<p><b>Priomh Chomharra Coileanaidh a Ceithir</b></p> <p>An àireamh de thidsearan no de dh'oileanaich a tha gu bhith nan tidsearan a tha a' faotainn taic aig ire na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile.</p>	<p>Àrdachadh de 10% san àireamh thidsearan a tha a' faotainn taic [Air a thomhas a rèir bun-àireamh de 33 tidsearan a fhuair taic ann an 2016/17]</p> <p>Gheibh co-dhiù 5 thidsearan taic gus na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh feuch an urrainn dhaibh teagasc ann am FtG. [Air a thomhas a rèir bun-àireamh de 1 a fhuair taic ann an 2016/17]</p>	✓
		<p>An àireamh de dh'inhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, stèidhichte air rannsachadh le TKM ann an 16/17.</p>	<p>Àrdachadh de 10% [Air a thomhas a rèir bun-àireamh de 3,261 ann an 2016/17]</p>	

# PURPOSE STATEMENT

---

Objective Number	Objective	Key Performance Indicator	Target	Target Achieved
2	Increasing the number of people learning Gaelic	<p><b>Key performance Indicator Three</b></p> <p>Number of children attending Gaelic 0-3 groups.</p>	<p>10% Increase in number of children attending 0-3 Gaelic groups [Baseline of 1,020 in 2016/17]</p> <p>Minimum 2 new Gaelic 0-3 groups started [Baseline of 75 in 2016/17]</p>	✓
		<p><b>Key performance Indicator Four</b></p> <p>Number of student Gaelic teachers supported in both primary and secondary sectors.</p>	<p>10% increase in number of teachers supported [Baseline of 33 teachers supported in 2016/17]</p> <p>Minimum 5 teachers supported to develop their Gaelic language skills to allow them to move to GME teaching. [Baseline of 1 supported in 2016/17]</p>	✓
		<p>Number of adult learners, taken from research by TKM in 16/17</p>	<p>Increase of 10% [Baseline of 3,261 in 2016/17]</p>	

# AITHRIS AIR RAON-ÙGHDARRAIS NA BUIDHNE

---

Aireamh a' Chinn- uidhe	Ceann-uidhe	Priomh Chomharran Coileanaidh	Targaid	Targaid air a Ruighinn
3	Dèanamh cinnteach gun tèid deagh ìomhaigh a chur air adhart airson na Gàidhlig	<b>Priomh Chomharra Coileanaidh a Còig</b>  Iomairtean sanasachd nàiseanta airson na Gàidhlig.	Iomairt margaidheachd ùr air a dealbh airson <a href="http://LearnGaelic.scot">LearnGaelic.scot</a>	√
		<b>Priomh Chomharra Coileanaidh a Sia</b>  Gàidhlig follaiseach aig tachartasan nàiseanta is coimhearsnachd.	Gàidhlig mar phàirt de thachartasan spòrs nàiseanta	√
4	Sàr irean riaghlaidh air an cur an sàs sna siostaman, pròiseasan, feallsanachd is luachan a thathar a' cleachdadadh gus Bòrd na Gàidhlig a stiùireadh is a riaghlaidh.	<b>Priomh Chomharra Coileanaidh a Seachd</b>  Aithisgean sgrùdaidh airson na bliadhna.	Aithisgean sgrùdaidh reachdail neo-eisimeileach airson na bliadhna	√
		<b>Priomh Chomharra Coileanaidh a h-Ochd</b>  Rianachd Chunnartan.	Clàr-chunnartan Ro- innleachdail ùr air ullachadh a bhios a rèir a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig ùir a thèid a chur an sàs	Ag obair air

Clàr-mìneachaidh √ = Targaid air a Ruighinn



# PURPOSE STATEMENT

---

Objective Number	Objective	Key Performance Indicator	Target	Target Achieved
3	Ensuring that a positive image of Gaelic is promoted	<b>Key performance Indicator Five</b>  National promotional campaigns for Gaelic.	New marketing campaign developed for <a href="http://LearnGaelic.scot">LearnGaelic.scot</a>	✓
		<b>Key performance Indicator Six</b>  Visibility of Gaelic at national and community events.	Programme at national sporting events	✓
4	To operate high standards of governance for the systems, processes, culture and values by which Bòrd na Gàidhlig is directed and controlled.	<b>Key performance Indicator Seven</b>  Audit reports for the year.	Unqualified statutory audit reports for the year	✓
		<b>Key performance Indicator Eight</b>  Risk Management.	New strategic risk register developed aligned to implementation and delivery of a new National Gaelic Language Plan	Work in progress

Key ✓ = Target achieved



# AITHRIS AIR RAON-ÙGHDARRAIS NA BUIDHNE

## PURPOSE STATEMENT

### Gearr-chunntas air Coileanadh Ionmhasail

Chosg Bòrd na Gàidhlig £10,000 a bharrachd de dh'airgead na fhuair e san Tabhartas gus Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba. Chaidh pàigheadh airson sin bho mhaoinean bhon chùl-stòr a chaidh a thoirt air adhart. A rèir aithrisean ionmhasail a chaidh ullachadh a rèir nuair a chaidh suimeannan a chlàradh, chaidh aithris a dhèanamh air easbhaidh de £20,000. Tha an t-sùim seo a' comharrachadh mar a chaidh lùghdachadh a thoirt air luach na maoine coitchinne rè na bliadhna.

Thàinig lùghdachadh nach beag air na fèicheanasan air an deach aithris ann am maoinean Cùl-stòr nam Peinseanan bho £1,479,000 air 31 Màrt 2017 gu £756,000 air 31 Màrt 2018. B' e bu mhotha bu choireach airson an lùghdachaidh seo, mar a chaidh ùrachadh a dhèanamh air na beachdan ionmhasail a chaidh a ghabhail le Clèirich-urrais na Maoine às dèidh dhaibh luachadh a dhèanamh air a' Mhaoin ann an 2017, luachadh a bhios a' tachairt a h-uile trì bliadhna.

### Fèicheanasan Peinnsein

Ri linn atharraichean air na beachdan ionmhasail a chaidh a ghabhail, bha buannachd de £271,000 ann. Ri linn nan atharraichean air na beachdan a chaidh a ghabhail a thaobh "Eòlas Eile", bha buannachd de £633,000 ann. Ri linn ath-thomhas air na h-atharraichean air beachdan deamografach a chaidh a ghabhail agus toraidhean bho shomhaoinean, gun a bhith a' gabhail a-steach shuimeannan a tha mar phàirt den riadh lom, bha call de £10,000 ann.

B' e luach iomlan nam buannachdan lom £894,000, agus tha sin £171,000 nas àirde na an lùghdachadh sna fèicheanasan. Tha sin a' tachairt ri linn nan atharraichean cunntasachd a dh'fheumar a dhèanamh fò Inbhe Cunntasachd Eadar-nàiseanta 19 (IAS 19), mar a chomhairlich an Clèreach-urrais, a thaobh riadh (£40,000) agus clàr-pàighidh (£131,000).

### Financial Performance Summary

Bòrd na Gàidhlig's cash spending exceeded the Scottish Government's Grant-in-Aid allocation by £10k. This was funded from reserves brought forward. On an accrual accounting basis, the reported deficit for the year is £20k. This amount represents the corresponding reduction in the general fund balance during the year.

The pension fund reserve shows a significant reduction in the reported liabilities from £1,479k at 31 March 2017 to £756k at 31 March 2018. This reduction is due in the main to a refreshing of the assumptions by the Fund Actuaries as a result of their recently completed 2017 triennial valuation of the Fund.

### Pension Liabilities

The changes in financial assumptions has resulted in a gain of £271k. The changes in the "Other Experience" assumptions have resulted in a gain of £633k. Due to the re-measurement of changes in demographic assumptions and return on assets excluding amounts included in net interest resulted in a loss of £10k.

The net gains total £894k which is £171k more than the reduction in the liability. This is due to required International Accounting Standard 19 (IAS 19) accounting adjustments, as advised by the Actuary, in respect of interest (£40k) and payroll (£131K).

Chithear am poileasaidh cunntasachd airson na maoine seo ann an Nota 2 (duilleag 101) airson nan cunntasan. Gheibhear fiosrachadh foillsichte a thaobh IAS 19 ann an nota 12 (duilleagan 131 gu 132). Gheibhear fiosrachadh eile mu pheinnseanan san Aithisg air Tuarastalan, duilleagan 73 gu 83.

The accounting policy for this fund is given in note 2 (page 101) to the accounts. IAS 19 disclosures are given in note 12 (pages 131 to 132 inclusive). Other pension information is given in the Remuneration Report, pages 73 to 83.



# MION-SGRÙDADH AIR COILEANADH

# PERFORMANCE ANALYSIS

Bithear a' tomhas coileanadh gach ràith, le comharran coileanaidh a tha stèidhichte air na cinn-uidhe sna planaichean ro-innleachdail is obrach. Leis na comharran seo, 's urrainn don Sgioba Stiùiridh rian is smachd a chumail air irean-coileanaidh los gun coileanar na h-amasan againn. Tha seo na phàirt glè chudromach den obair gus planadh a dhèanamh airson obair na buidhne.

Tha cuid mhath de bhuilean a' Bhùird air an libhrigeadh le buidhnean eile. Tha e mar chleachdadhbh àbhaisteach gum feum na buidhnean com-pàirteach sin fiosrachadh air irean-coileanaidh a thoirt seachad agus sin na chumha orra mus fhaigh iad maoineachadh gu cumbhalach.

Bithear ag aithris air cùisean ionmhasail gach mìos le bhith a' sealttainn dè dha-riribh a chaidh a chosg an coimeas ris na suimeannan a thathar an dùil a chosg sa bhuidseat, agus thèid eadar-dhealachadh sam bith a mhineachadh. Bithear a' toirt aithisgean ionmhasail don Bhòrd Stiùiridh agus don Sgioba Stiùiridh airson gun urrainn dhaibh sùil a chumail air cùisean ionmhasail. Le bhith ag obair mar seo, 's urrainnear suidheachaidhean a chomharrachadh far nach eil am buidseat air a chosg mar a thathar an dùil gus an déanar cimnteach gun tèid am feum as fheàrr a dhèanamh de dh'ionmhas na buidhne.

## Obair a Rinneadh 17/18

### Planaichean Gàidhlig

Thairis air a' bhliadhna, dh'obraich sgioba nam planaichean againn còmhla ri còrr is 60 ùghdarris poblach gus Planaichean Gàidhlig a dhealbh, a chur an gniomh no a sgrùdadh. An lùib na h-obrach sin chaidh amasan àrd-ire aontachadh airson còig buidhnean aig nach robh iad ron seo: ceithir ùghdarsasan ionadail agus Oilthigh Srath Chluaidh. Tha leasachaidhean a chunnacas o chionn ghoirid, leithid mar a dh'fhoillsich Poileas Alba suaicheantas dà-chànanach ùr, air diofar mòr a

Performance is measured quarterly, using indicators that are aligned to the objectives in the strategic and operational plans. These indicators enable the Leadership Team to control and manage performance so the desired goals are achieved, thus forming a critical part of the business planning cycle.

A significant proportion of the Bòrd's outcomes are delivered by external organisations. It is normal practice in these instances for delivery partners to supply the required performance information as a condition to receiving ongoing funding.

Monthly financial reporting is done on the basis of actual spend compared to budget profile, and explanations provided for any variances. Financial reports are presented to the Board and Leadership team for scrutiny. This practice allows for budget slippage to be identified so the most effective use of resources can be achieved.

## Operational Performance in 17/18

### Gaelic Language Plans

During the year, our plans team worked with over 60 public authorities on developing, implementing or monitoring Gaelic Language Plans. This included agreeing high-level aims for the first time with four local authorities and the University of Strathclyde. Recent developments, such as the multi-lingual logo being rolled out by Police Scotland, have been a step-change in the visibility of Gaelic across Scotland. Plans remain the key mechanism for engaging with public bodies and local authorities

---

dhèanamh a thaobh cho follaiseach 's a tha a' Ghàidhlig ann an Alba. Tha na Planaichean fhathast nam prìomh mheadhan airson obrachadh le buidhnean poblach is ùghdarrasan ionadail gus leudachadh air na seirbheisean a th' ann do luchd-labhairt na Gàidhlig agus gus cur ris an eòlas is an tuigse a th' aig daoine san roinn phoblaich air cànan is cultar na Gàidhlig.

### Leasachadh a' Chorpais

B' iad na prìomh phròiseactan a bha a' cur ri leasachadh a' chorpais: Ainmean-Àite na h-Alba, a tha a' cumail orra a' cur ris an eòlas a th' ann air ainmean-àite Gàidhlig agus a tha feuchainn ri dèanamh cinnteach gun tèid na h-ainmean a chleachdadh ann an dòigh chunbalach; Faclair na Gàidhlig far a bheilear ag obair gus faclair eachdraidheil na Gàidhlig a chruthachadh, ann an co-bhuinn ris an Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig aig a bheil stòr-dàta a-nis sa bheil 21 millean facal de theacs a leantainneach a ghabhas rannsachadh air-loidhne.

Tha pròiseact eadar oilthighean air a stiùireadh le Soillse air àite air-loidhne a stèidheachadh gus co-òrdanachadh a dhèanamh air an obair airson briathrachas ùr a chruthachadh. Tha iad cuideachd air obair ullachaidh a dhèanamh airson nuadh-ghràmar na Gàidhlig tro bhith a' conaltradh ri luchd a' chàin agus tro rannsachadh air an litreachas as ùire.

Chaidh pannal de dh'eòlaichean, Comataidh Comhairleachaidh Gàidhlig, a stèidheachadh gus cuideachadh leis na pròiseactan seo agus iad a' dèanamh cinnteach gu bheil an cànan a thathar a' moladh nàdarra is dualchasach.

to increase the services available to Gaelic speakers and the awareness and understanding of Gaelic language and culture in the public sector.

### Corpus Development

The main projects contributing to corpus development were: Ainmean-Àite na h-Alba, which continues to develop knowledge and consistency in the use of Gaelic placenames; Faclair na Gàidhlig with its work to develop a historical dictionary for Gaelic, in collaboration with the Digital Archive of Scottish Gaelic whose database now extends to over 21 million words of continuous text searchable online.

An inter-university project by Soillse has developed an online space for the co-ordination of new terminology. It has also laid the groundwork for guidance on the modern grammar of Gaelic through engagement with the language community and study of recent literature.

A panel of experts, Comataidh Comhairleachaidh Gàidhlig, has been established to assist these projects in ensuring that the language promoted has a natural and authentic feel.

## MION-SGRÙDADH AIR COILEANADH

## PERFORMANCE ANALYSIS

### Rannsachadh

Chaidh crioch a chur air pios rannsachaidh mhòir air Margaидh-obrach na Gàidhlig sa bhliadhna seo a rinn Ekosgen do Bhòrd na Gàidhlig, Leasachadh Sgilean na h-Alba agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean. Bheir toraidhean an rannsachaidh seo stiùireadh do ghrunn iomairtean a thèid a chur an sàs mar phàirt de phriomhachasan a' Phlana Nàiseanta ùir airson sgilean is trèanadh san àite-obrach.

### Foghlam is Na Tràth-bhliadhnaichean

Tha seirbheisean thràth-bhliadhnaichean is foghlam airson clann is òigridh fior chudromach do mar a thèid cànan is cultar na Gàidhlig am feabhas san àm ri teachd agus bidh Bòrd na Gàidhlig agus priomh luchd-compàirt ag obair còmhla air diofar phròiseactan gus an ath ghinealach de luchd-labhairt na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a thoirt air adhart bho aois òg.

Fhuair 40 buidheann eadar-dhealaichte bho air feadh Alba maoineachadh bhon Stèidheachd Corra airson phròiseactan thràth-bhliadhnaichean. Bidh Bòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant Nàiseanta a' stiùireadh mar a thèid am maoineachadh seo a thoirt seachad agus tha sinn an comain Riaghaltas na h-Alba airson cumail orra leis an taic seo.



### Research

A significant piece of research undertaken by Ekosgen for Bòrd na Gàidhlig, Skills Development Scotland and Highlands & Islands Enterprise on the Labour Market for Gaelic was completed during the year. This will inform a number of initiatives which will be brought forward under the new National Plan's priorities for developing workplace skills and training.

### Education and Early Years

The early years and education of children and young people are crucial to the future wellbeing of the Gaelic language and culture and Bòrd na Gàidhlig and key partners work together on a number of different projects to develop and encourage the future Gaelic speakers from an early age.

Funding from the Corra Foundation was awarded to 40 different groups across Scotland for Early Years' projects. The funding is managed by Bòrd na Gàidhlig and Comann nam Pàrant Nàiseanta and we are grateful to the Scottish Government for the continuation of this support.



---

Leis na seiseanan Bookbug Gàidhlig a chaidh a chumail a-rithist, bha cothrom aig tòrr theaghlaichean air eòlas a chur air leabhrachaean is òrain Ghàidhlig ann an suidheachadh càirdeil is neo-fhoirmeil, agus bidh ar n-oifigearan Thràth-bhliadhnaichean a' toirt taic do na seiseanan seo air feadh Alba. Cuideachd, bidh iad a' libhrigeadh seiseanan *Thig a Chluich* far a bheil cothrom aig clann is pàrantan coinneachadh is cluich ann an suidheachadh càirdeil.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur cuideam mòr air taic do thidsearan, luchd-obrach foghlaim agus oileanaich agus thug sinn taic do thachartasan leithid na co-labhairt bliadhnailean, An t-Alltan, airson tidsearan is luchd-obrach nan tràth-bhliadhnaichean, cursaichean ceannais tro Acadamaidh nan Iomairean Sòisealta do thidsearan a tha ag iarraidh adhartas a dhèanamh nam beatha dhreuchdail, agus chuir sinn co-labhairt air dòigh mun Churraicealam do thidsearan àrd-sgoile is daoine eile ann an Inbhir Nis. A bharrachd air sin, thug sinn taic do 50 oileanach tha a' dèanamh cursaichean Ciad-fhoghlaim do Luchd-teagaisg, do thidsearan a tha a' leasachadh nan sgilean Gàidhlig aca agus don fheadhainn a tha a' dèanamh cursa làn-ùine gus gluasad bho bhith a' teagasg tron Bheurla gu bhith a' teagasg tron Ghàidhlig.

Am measg nan leasachaidhean mòra eile ann am foghlam Gàidhlig bha pròiseact gus goireasan foghlaim Giglets a chruthachadh air-loidhne ann an Gàidhlig, coltach ris an fheadhainn a gheibhean ann am Beurla mu thràth. Tha sinn air a bhith gu mòr an sàs sa bhuidhinn-obrach gheàrr-ùine airson treas sgoil Ghàidhlig ann an Glaschu agus dh'obraich sinn còmhla ri Comhairle Baile Dhùn Èideann agus pàrantan gus leasachaidhean foghlaim a thoirt air adhart ann am priomh-bhaile na h-Alba.

Gaelic Bookbug sessions continue to provide a friendly, informal introduction to Gaelic books and songs for many families and our Early Years' officers support these throughout Scotland. Similarly, they deliver *Thig a Chluich* sessions which offer children and parents the opportunity to meet and play in a relaxed informal environment.

Bòrd na Gàidhlig places great emphasis on the provision of support for teachers, education practitioners and students and we supported events such as the annual An t-Alltan conference for teachers and early years' workers, leadership development courses for teachers seeking to progress in their careers through the Social Enterprise Academy, and organised a Curriculum conference for secondary school teachers and others in Inverness. In addition, we supported 50 students who are undertaking Initial Teacher Education courses, teachers developing their language skills and those undertaking a full-time course to transfer from English medium to Gaelic medium teaching.

Other major developments in Gaelic education included a project to develop new Giglets online educational resources in Gaelic, comparable to those already available in English. We have been closely involved with the short-term working group for the third Gaelic school in Glasgow and have worked with Edinburgh City Council and parents to progress developments in Scotland's capital city.

# MION-SGRÙDADH AIR COILEANADH

# PERFORMANCE ANALYSIS

## A' Togail Íomhaigh na Gàidhlig

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail air ag obair gu cruaidh gus iomhaigh na Gàidhlig a thogail air feadh Alba agus tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth còmhla ri ar luchd-compàirt air pròiseactan leithid Dhuishean Foghlaim na h-Alba far a bheil Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic-urrasachd do Dhuisnean Foghlam na Gàidhlig. Tha na duaisean seo gu sònraichte math, thoradh tha iad a' toirt thidsearan is sgoilearan còmhla gus na tha iad air a choileanadh a chomharrachadh.

## Promotion

Bòrd na Gàidhlig continues to work hard at raising the profile of Gaelic throughout Scotland and we have worked closely with partners on projects such as the Scottish Education Awards where the Bòrd sponsors the Gaelic Education Award. These awards are particularly pleasing as they bring together teachers and pupils to celebrate and recognise their achievements.



Le bhith ag obair còmhla ri buidheann mheadhanan nàiseanta air Duaisean Gàidhlig na h-Alba tha cothrom ann iomhaigh na Gàidhlig a thogail gu mòr am measg sluagh na dùthcha agus a bhith a' dèanamh follaiseach an obair ionmholta a tha buidhnean is daoine fa leth a' dèanamh air feadh Alba airson a' chànan. Bha an tachartas an-uiridh gu sònraichte soirbheachail, far an robh Julie Fowlis agus a còmhlan an làthair gus sàr cheòl a thoirt dhuinn air an oidhche, agus far an deach aithne a thoirt do chaochladh dhaoine is buidhnean airson na sàr obrach a rinn iad a thaobh na Gàidhlig.

Working with a major national media organisation on the Scottish Gaelic Awards brings a huge national public profile for Gaelic and the opportunity to highlight the excellent work that is being done throughout Scotland by groups and organisations the length and breadth of the country. Last year's event was particularly successful, with Julie Fowlis and her band providing the highest quality music, and a wide range of individuals and organisations being recognised for their outstanding contributions to Gaelic.

---

Thug sinn seachad freagairt do ghrunn cho-chomhairleachaidhean a chùm an Riaghaltas agus buidhnean eile air feadh na bliadhna gus dèanamh cinnteach gun toirear fa-near don Ghàidhlig nuair a bhathar a' stèidheachadh reachdas is phoileasaidhean ùra. B' iad na co-chomhairleachaidhean a bu chudromiche san do ghabh sinn pàirt an fheadhainn air modhan-riaghlaidh ùra airson foghlaim, Bile nan Eilean, agus Ath-sgrùdadh Morair Bhràcadail air Reachdas.

### Litrechas is Foillseachadh

Tha sinn a' cur meal-a-naidheachd air Comhairle nan Leabhrachaean agus iad a' comharrachadh 50 bliadhna bho thòisich iad ag obair an lùib foillseachadh na Gàidhlig. Còmhla ri Acair, tha iad air obair mhòr a dhèanamh ann a bhith a' toirt foillseachadh na Gàidhlig air adhart bho thòisich iad, agus tha Bòrd na Gàidhlig ro thoilichte a bhith ag obair còmhla ris an dà bhuidhinn air diofar phròiseactan, leithid na taice a tha sinn a' toirt do dh'Acair gus leabhrachaean-fuaime Gàidhlig ùra a chruthachadh.

Tha Comhairle nan Leabhrachaean air soirbheachadh thar nam bliadhnaichean ann a bhith a' brosnachadh sgriobhadairean òga tàlantach agus tha Bòrd na Gàidhlig air taic a thoirt don Ionad aig Moniack Mhòr airson Sgriobhadh Cruthachail a bhios a' toirt taic do bhuidhnean de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

We responded to a range of government and other consultations during the year to ensure that Gaelic is considered when new legislation and policies are developed. The key consultations were the new governance arrangements for education, the Islands' Bill, and Lord Bracadale's Review of Hate Crime Legislation.

### Literature and Publishing

We congratulate Comhairle nan Leabhrachaean as they celebrate their 50th year of Gaelic publishing. Along with Acair, the two organisations have played a major part in the development and growth in Gaelic publishing since their inception and Bòrd na Gàidhlig is delighted to work with them on a range of projects, including support Acair's creation of new Gaelic audio books.

Comhairle nan Leabhrachaean has, over the years been successful in encouraging new young writing talent and Bòrd na Gàidhlig provided support for the Moniack Mhòr Creative Writing Centre to provide writing workshops which targeted community groups of Gaelic learners.

## MION-SGRÙDADH AIR COILEANADH

## PERFORMANCE ANALYSIS

### Dràma

Tha Theatre Gu Leòr, companaidh a tha air taic fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig, air spionnad as ùr a thoirt do dhràma Gàidhlig leis an dràma ùr-nòsach is co-aimsireil aca a tha air còrdadh gu h-anabarrach math ri daoine air feadh Alba. A bharrachd air na dealbh-chluichean aca, tha iad cuideachd air iomairt ùr a chur air chois a tha a' tabhann chothroman do luchd-ealain is luchd proifeiseanta a tha ag obair ann an Gàidhlig gus cur ris na sgilean, eòlas is eòlas-obrach aca.

Thug Bòrd na Gàidhlig taic-airgid do T.Ò.G: An Lab, pròiseact com-pàirteach eadar Fèisean nan Gàidheal agus Taigh-cluiche Eden Court, a tha a' toirt chothroman do sgoilearan àrd-sgoile is P7 le Gàidhlig aig a bheil ùidh ann a bhith a' sgriobhadh agus a' gabhail pàirt ann an dràma ùr.

### Fèisean is Tachartasan

Tha ùidh daonnan aig Bòrd na Gàidhlig ann an cothroman ùra, agus thar na bliadhna a dh'fhalbh thug sinn taic do dh'fheisean air feadh Alba leithid an Alchemy Film and Moving Image Festival ann an Criochan na h-Alba, agus Comar (Crossways), fèis chom-pàirteach Éireannach/Albannach a chaidh a chumail fad seachdain ann an Glaschu.



### Drama

Gaelic drama has taken on a new lease of life with the Bòrd na Gàidhlig funded Theatre gu Leòr company, whose innovative and contemporary productions have delighted audiences throughout Scotland. In addition to its productions, they have also established a new initiative which offers various opportunities for artists and professionals working in Gaelic to develop their skills, knowledge and experience.

Bòrd funding contributed to T.Ò.G: An Lab, which is a collaborative partnership between Fèisean nan Gàidheal and Eden Court Theatre, providing opportunities for Gaelic-speaking high school and P7 pupils interested in creating and performing new drama.

### Festivals and Events

Bòrd na Gàidhlig is always keen to explore new opportunities and the past year has seen support provided for festivals across Scotland including Alchemy Film and Moving Image Festival in the Scottish Borders, and Crossways, a week-long Irish/Scottish collaborative festival in Glasgow.



Air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, thugadh taic do dh'Fhèis an Eilein Duirche ann am Beinn na Faogha gus taic a thoirt do luchd-ciùil is seinneadairean Gàidhlig òga agus gus cothroman a thoirt dhaibh an lùib na fèise. Thugadh taic do Cheòlas ann an Uibhist a Deas gus togail air mar a shoirbhich don chiad fhèis leabhairchean aca a chùm iad a' bhon-uiridh.

Thar na bliadhna a dh'fhalbh, tha e air a bhith na adhbhar misneachd mhòr liuthad thachartasan Gàidhlig agus thachartasan le ceangal ris a' Ghàidhlig fhaicinn air feadh Alba, leithid:

- Seiseanan Bookbug Gàidhlig ann am Fiobha, Siòrrachd Rinn Friù agus Siòrrachd Lannraig a Deas agus air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan;
- Mòdan Ionadail; consairtean ann an àiteachan leithid Milnathort, Siòrrachd Pheairt;
- Deireadh-sheachdainean do Luchd-ionnsachaidh ann an Loch an Inbhir; agus
- Làithean Gàidhlig is Seachdainean Gàidhlig ann an àiteachan leithid Ghlascu, Dùn Èideann agus Obar Dheathain.

Tha e a' toirt toileachas mòr do Bhòrd na Gàidhlig taic a thoirt do thòrr de na tachartasan sin a tha a' cur Gàidhlig fa chomhair luchd-èisteachd ùr aig nach robh eòlas air a' chànan roimhe agus an uair sin gheibhearr tachartasan stèidhichte mar an fhèis Aye Write agus Celtic Connections far a bheil Gàidhlig air a bhith na pàirt dhiubh airson grunn bhliadhnaichean.

In the Highlands and Islands, the Eilean Dorchá Festival on Benbecula has been supported to develop new young Gaelic talent and to provide opportunities for them linked to the festival. Ceòlas in South Uist has been supported to build on the success of their inaugural book festival held in the prior year.

Over the course of the past year, it has been hugely encouraging to note the number of Gaelic and Gaelic-related events taking place all over Scotland which have included:

- Gaelic Bookbug sessions in Fife, Renfrewshire, East Renfrewshire and South Lanarkshire as well as the Highlands and Islands;
- Provincial Mòds; concerts in places such as Milnathort, Perthshire;
- Gaelic Learners' Weekends in Lochinver; and
- Gaelic Days and Gaelic Weeks in the likes of Glasgow, Edinburgh and Aberdeen.

Bòrd na Gàidhlig is delighted to have been able to support many of these events which bring Gaelic to new audiences while established events such as the Aye Write festival and Celtic Connections continue to feature Gaelic as part of their programming.

# MION-SGRÙDADH AIR COILEANADH

# PERFORMANCE ANALYSIS

## Na Gniomhachasan Cruthachail

Tha sinn a' toirt taic chom-pàirteach a-rithist do chothrom air sgoilearachd do neach-ionnsachaidh na Gàidhlig gus an cursa 'Serious Games and Virtual Reality' a dhèanamh aig an Sgoil Shamhlachaidh is Lèir-shamhlachaidh aig Sgoil Ealain Ghlaschu.

Bidh Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail ag obair gu dlùth còmhla gus taic a thoirt do na h-ealaín, gniomhachas an sgrion agus do na gniomhachasan cruthachail ann an Alba. Chaidh na Cothroman Trèanaidh Cruthachail airson Bliadhna na h-Òigridh a chruthachadh gus cothrom a thoirt do dhaoine òga obair fhaighinn sna gniomhachasan cruthachail agus bha a dhà den deich dhiubh gu sònraichte airson luchd-labhairt na Gàidhlig.

## Creative Industries

We are again co-sponsoring a scholarship opportunity for a Gaelic learner to study on the Serious Games and Virtual Reality at the School of Simulation and Visualisation at The Glasgow School of Art.

Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland work closely together to support the arts, screen and creative industries in Scotland. The Year of Young People Creative Traineeships were created to facilitate entry into the creative industries and two out of the ten available were specifically for Gaelic speakers.



## Daoine Òga

Bha Bòrd na Gàidhlig riamh a' cur priomhachas air òigridh, agus ann am Bliadhna na h-Òigridh tha e gu sònraichte math fhaicinn mar a tha Bòrd na Gàidhlig air taic a thoirt do leasachaidhean a tha a' brosnachadh ionnsachadh is cleachdadhbh na Gàidhlig am measg dhaoine òga. Thug am Bòrd maoineachadh do phròiseactan leantainneach, leithid Cuach na Cloinne agus FilmG, a bha a' comharrachadh an 10mh ceann-bliadhna, agus thug sinn taic cuideachd do Dheasbad Nàiseanta nan Sgoiltean Gàidhlig, farpas a chriochnaich le cuairt dheireannach a bha glè fhaisg agus a chaidh a chumail ann am Pàrlamaid na h-Alba. Le Acadamaidh a' Mhòid, air a ruith leis a' Chomunn Ghàidhealach, fhuair sgoilearan oideachadh is taic agus ri linn na taice sin chunnacas an àireamh bu mhotha riamh de dhaoine òga a' gabhail pàirt sa Mhòd Nàiseanta Rioghail sa Ghearsdan san Dàmhair an-uiridh.

Am measg nan iomairtean ùra am-bliadhna bha pròiseact com-pàirteach le Young Scot gus goireasan Gàidhlig a chruthachadh do dhaoine òga. Thug am Bòrd taic-airgid do ghreis-trèanaidh eile far am biodh an neach-trèanaidh a' cur ris na sgilean Gàidhlig aca ann an dreuchd a mhaireas 12 mios aig an Stòrlann Nàiseanta. Bidh an tagraiche a gheibh an dreuchd ag obair mar eadar-theangair agus cuiridh iad crioch air Teisteanas Leasachaidh Phroifeiseanta ann an Eadar-theangachadh.

## Young People

Young people have always been a priority for Bòrd na Gàidhlig and in this Year of Young People it is particularly pleasing to see how Bòrd na Gàidhlig has responded to developments which support Gaelic learning and usage amongst young people. Continuing projects such as Cuach na Cloinne and FilmG, celebrating its 10th anniversary, were funded by the Bòrd as was the National Gaelic Schools Debate, which concluded with a closely fought final in the Scottish Parliament. Mòd Academy, run by An Comann Gàidhealach, delivered coaching and tuition to school pupils and contributed to the highest ever number of young people participating in the Royal National Mòd in Fort William in October last year.

New developments this year include a collaborative project with Young Scot to create Gaelic resources for young people. Another traineeship funded by the Bòrd is to grow Gaelic language skills through a 12-month post at Stòrlann Nàiseanta. The successful applicant will work as a translator and complete the Professional Development Award in Translation.

# MION-SGRÙDADH AIR COILEANADH

# PERFORMANCE ANALYSIS

## Coileanadh Ionmhasail

Tha Leabhran an Riaghaltais airson Aithisgean Ionmhasail (*FReM 2017/18*) a dh'fhoillsich Roinn Ionmhaibh na Banrigh a' sealtainn a' chrutha sam bu chòir cunntasan bliadhnaile a bhith nochdad. Tha an Tabhartas gus Cuideachadh ("GIA") air a ghabhail a-staigh mar phàirt den Chùl-stòr Choitcheann a chithear san Aithris air Atharraichean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chisean an àite a bhith san Aithris air Caiteachas Iomlan Lom airson na bliadhna. Tha gach sùim eile a tha fo theachd-a-steach no caiteachas a' nochdad san Aithris air Caiteachas Iomlan Lom.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh aithris air tar-chosg lom de £0.010m mu choinneamh an Tabhartais gus Cuideachadh a fhuaras bho Riaghaltas na h-Alba. Dh'èirich sin ri linn tar-chosg luach £0.015m agus £0.044m airson Leasachaidhean Gàidhlig agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig, agus chaidh an tar-chosg sin a lùghdachadh beagan le fo-chosg luach £0.049m airson chosgaisean ruith.

Stèidhichte air modhan-cunntasachd le teachd-a-steach is caiteachas, b' e toradh ionmhasail na bliadhna airson obair àbhaisteach na buidhne, call de £0.020m, b' e sin an gluasad lom sa Chùl-stòr Choitcheann (16/17, còrr luach £0.020m). Tha an call ag èirigh ri linn atharraichean air na h-aithrisean ionmhasail nach buin ri sruthan airgid.

## Financial performance

The Government Financial Reporting Manual (*FReM 2017/18*) issued by HM Treasury sets out the format of the annual accounts. Grant-in-Aid is included in the General Reserve in the Statement of Changes in Taxpayers' Equity rather than included in the Statement of Comprehensive Net Expenditure. All other income and expenditure is included in the Statement of Comprehensive Net Expenditure.

Bòrd na Gàidhlig reports a net cash overspend of £0.010m against the Scottish Government's Grant-in-Aid allocation. This arose from overspends of £0.015m and £0.044m on Gaelic Development and the Gaelic Language Implementation Fund, partly offset by an underspend in running costs of £0.049m.

On an income and expenditure accounting basis, the financial outcome for the year on normal business activities is a deficit of £0.020m, being the net movement on the General Reserve (16/17 surplus of £0.020m). This deficit arose because of accounting adjustments to the financial statements that do not involve the flow of cash.

Bha na priomh chosgaisean obrachaidh sa bhliadhna, stèidhichte air teachd-a-steach is caiteachas, ag èirigh bho An Dachaigh is na Tràth-bhliadhnaichean £0.217m (16/17 - £0.237m), Foghlam is Ionnsachadh £0.853m (16/17 - £0.804m), Coimhearsnachdan £0.600m (16/17 - £0.633m), Na h-Ealain, Na Meadhanan, Dualchas is Turasachd £0.410m (16/17 - £0.425m), Planadh Corpais £0.131m (16/17 - £0.123m), Priomhachasan Ro-innleachdail a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig £0.281m (16/17 - £0.461m) agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig £1.184m (16/17 - £1.142m).

Am measg nan suimeannan eile a chosg Bòrd na Gàidhlig bha tuarastalan Buill a' Bhùird £0.078m (16/17 - £0.071m), Cosgaisean Luchd-obrach £1.193m (16/17 - £1.090m) agus Cosgaisean Ruith na h-Oifis £0.256m (16/17 - £0.228m).

Tha an aithris air an t-suidheachadh ionmhasail a' sealltairn fèicheanasan lom de £0.653m (16/17 - fèicheanasan lom de £1.356m). Tha seo air obrachadh a-mach le bhith a' toirt air falbh a' challa ann an Cùl-stòr nam Peinseanan £0.756m (16/17 - £1.479m) bhon chòrr sa Chùl-stòr Choitcheann £0.103m (16/17 - £0.123m). Air 31 Màrt 2018 bha fèicheanasan lom ann am maoin nam peinnseanan luach £0.756m (£1.479m 2016/17) agus sin air obrachadh a-mach a rèir IAS 19. Tha lùghdachadh luach £0.723m air tighinn air na feicheanasan seo, agus b' e bu mhotha a bu choireach airson sin mar a chaidh na beachdan ionmhasail is beachdan eile a chaidh a ghabhail atharrachadh.

Ged a tha na h-aithrisean ionmhasail seo a' dèanamh aithris air an t-suidheachadh a thaobh fhèicheanasan lom, chaidh an ullachadh le dùil gun cùm a' bhuidheann a' dol agus sin a' cumail ri Leabhran an Riaghaltais airson Aithrisean Ionmhasail. Faicibh duilleag 102 airson aithris air buidheann a tha a' cumail a' dol.

On an income and expenditure basis, the main operational costs incurred during the year related to Home and Early Years £0.217m (16/17 - £0.237m), Education and Learning £0.853m (16/17 - £0.804m), Community £0.600m (16/17 - £0.633m), Art, Media, Heritage and Tourism £0.410m (16/17 - £0.425m), Corpus Planning £0.131m (16/17 - £0.123m), National Gaelic Language Plan Strategic Priorities £0.281m (16/17 - £0.461m) and National Gaelic Act Language Implementation Fund £1.184m (16/17 - £1.142m).

Other expenditure by the Bòrd included Board Member fees £0.078m (16/17 - £0.071m), Staff Costs £1.193m (16/17 - £1.090m) and Office Running Costs £0.256m (16/17 - £0.228m).

The statement of financial position shows net liabilities of £0.653m (16/17 - net liabilities of £1.356m). This comprises the balance in the General Reserve £0.103m (16/17 - £0.123m) less the deficit on the Pension Reserve £0.756m (16/17 - £1.479m). At 31 March 2018 the net pension fund liability in terms of IAS 19 was £0.756m (£1.479m 2016/17). This liability has decreased by £0.723m due mainly to changes in financial and other experience assumptions.

These financial statements, although reporting a net liabilities position, have been prepared on a going concern basis which is in accordance with the Government's Financial Reporting Manual. See page 102 for statement on going concern.

# MION-SGRÙDADH AIR COILEANADH

# PERFORMANCE ANALYSIS

## Targaidean ar Roinne Maoineachaidh

Tha dùil ann gun cùm Bòrd na Gàidhlig rian air a' bhuidseat aige, a' gabhail a-steach an Tabhartais gus Cuideachadh agus teachd-a-steach eile, a rèir na Sgriobhainne le Bun-fhrèam agus Leabhran Ionmhas Poblach na h-Alba. Thatтар an dùil gun dèan Bòrd na Gàidhlig cinnteach, a' gabhail aon bhliadhna còmhla ri tèile, gum bi teachd-a-steach bhon Tabhartas gus Cuideachadh co-ionann ri caiteachas. Bha caiteachas luach £5.164m aig Bòrd na Gàidhlig ann an 17/18, £0.010m nas àirde na an t-sùim a fhuair aonta bho Riaghaltas na h-Alba, agus chaidh páigheadh airson sin bhon chùl-stòr de dh'airgead.

## Targaidean Ionmhasail

Fhuair Bòrd na Gàidhlig Tabhartas gus Cuideachadh luach £5.154m airson 17/18 (£5.154m 16/17) agus sin air a roinn tarsainn a' bhuidseit.

Feumaidh Bòrd na Gàidhlig obrachadh a rèir chriochan ionmhasail a thèid a shuidheachadh le Ministearan na h-Alba airson na bliadhna. Ann an 17/18 b' ann mar seo a bha an suidheachadh a thaobh airgid:

## Sponsor Division Targets

Bòrd na Gàidhlig is expected to manage its budget, including Grant-in-Aid and other income, in accordance with the Framework Document and the Scottish Public Finance Manual. Bòrd na Gàidhlig is expected to ensure that, taking one year with another, income from Grant-in-Aid matches outgoings in cash terms. Bòrd na Gàidhlig expenditure in 17/18 was £5.164m, £0.010m over the allocation approved by Scottish Government, which has been met from cash reserves.

## Financial Targets

Bòrd na Gàidhlig received a total Grant-in-Aid allocation for 17/18 of £5.154m (16/17 – £5.354m) split across the budget.

Bòrd na Gàidhlig is required to operate within the financial allocation determined by Scottish Ministers for the year. In 17/18 the cash position was as follows:

<b>17/18</b>				
	<b>Na thachair Outturn</b>	<b>Aontaichte Allocation</b>	<b>Eadar- dhealachadh Variance</b>	
<b>Tabhartas gus Cuideachadh</b>	<b>£m</b>	<b>£m</b>	<b>£m</b>	<b>Grant in Aid</b>
Priomh Thabhartas gus Cuideachadh (cosgaisean ruith)	1.560	1.609	-0.049	Core Grant-in-Aid (running costs)
Maoineachadh airson Leasachaidhean Gàidhlig	2.420	2.405	+0.015	Funds for Gaelic development
Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig	1.184	1.140	+0.044	Gaelic Language Plans Implementation Fund
<b>Iomlan</b>	<b>5.164</b>	<b>5.154</b>	<b>+0.010</b>	<b>Total</b>

Tha an clàr gu h-àrd a' dèanamh aithris air tar-chosg de £10,000 air stèidh airgid mu choinneamh an Tabhartais gus Cuideachadh. Tha seo taobh a-staigh chriochan ceadaichte. Fhuaras cead bho ar roinn mhaoineachaidh gus airgead a għluasad eadar cuij a chinn-bhudseit.

The above table reports a net overspend of £10k on a cash basis against the Grant-in-Aid allocation. This is within tolerable limits. Permission was obtained from the sponsor to reallocate funds within the classifications.

<b>16/17</b>				
	<b>Na thachair Outturn</b>	<b>Aontaichte Allocation</b>	<b>Eadar- dhealachadh Variance</b>	
<b>Tabhartas gus Cuideachadh</b>	<b>£m</b>	<b>£m</b>	<b>£m</b>	<b>Grant in Aid</b>
Priomh Thabhartas gus Cuideachadh (cosgaisean ruith)	1.540	1.609	-0.069	Core Grant-in-Aid (running costs)
Maoineachadh airson Leasachaidhean Gàidhlig	2.666	2.605	+0.061	Funds for Gaelic development
Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig	1.153	1.140	+0.013	Gaelic Language Plans Implementation Fund
<b>Iomlan</b>	<b>5.359</b>	<b>5.354</b>	<b>+0.005</b>	<b>Total</b>

Tha an clàr gu h-àrd a' dèanamh aithris air tar-chosg de £5,000 air stèidh airgid mu choinneamh an Tabhartais gus Cuideachadh. Tha seo taobh a-staigh chriochan ceadaichte. Fhuaras cead bho ar roinn mhaoineachaidh gus airgead a għluasad eadar cuij a chinn-bhudseit.

The above table reports a net overspend of £5k on a cash basis against the Grant-in-Aid allocation. This is within tolerable limits. Permission was obtained from the sponsor to reallocate funds within the classifications.

# MION-SGRÙDADH AIR COILEANADH

# PERFORMANCE ANALYSIS

## Daoine

Chaidh am Bòrd a stèidheachadh le Pàrlamaid na h-Alba agus tha na dleastanasan is cumhachdan aige a' dol a rèir chòraichean daonna, mar a dh'fheumas gach achd is pìos reachdais a gheibh aonta bhon Phàrlamaid.

Chan eil cùisean ann air am feum am Bòrd aithris a dhéanamh a thaobh fiosrachadh neo-ionmhasail, a' gabhail a-steach chòisean sòisealta, spèis do chòraichean daonna, cùisean co-cheangailte ri bhith a' cur stad air coirbteachd, agus cùisean co-cheangailte ri bhith a' cur stad air bribearachd.

Tha luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig fior chudromach do mar a shoirbhicheas leinn ann a bhith a' coileanadh ar cinn-uidhe ro-innleachdail. Tha am Bòrd Stiùiridh air cur romhpa sgioba obrach sgileil is dealasach a chumail agus na sgilean aca a leasachadh. Thathar a' brosnachadh conaltradh fosgarra eadar am Bòrd Stiùiridh, an Sgioba Stiùiridh agus luchd-obrach, thoradh tha leithid a cho-chonaltradh deatamach do mar a shoirbhicheas leis a' bhuidhinn san ùine fhada.

Bithear a' cumail fiosrachadh ris an luchd-obrach mun bhuidhinn, ar daoine agus ar n-obair tro dhiofar ghniomhan, mar choinneamhan luchd-obrach gach cola-deug, bòrd-fiosrachaiddh air eadra-lion an luchd-obrach, fios bho na priomh mhanaidsearan, agus seiminearan is co-labhairtean.

## People

The Bòrd was created by the Scottish Parliament and its functions and powers are compliant with human rights, as is required of all legislation passed by the Parliament.

The Bòrd has no matters to report on non-financial information including social matters, respect for human rights, anti-corruption, and anti-bribery matters.

Bòrd na Gàidhlig employees are critical to the successful delivery of its strategic objectives. The Board are committed to developing and retaining a motivated and skilled workforce. Open communication between the Board, Leadership Team and employees is encouraged as such engagement is vital to the long-term success of the organisation.

Employees are kept informed about the organisation, its people and business through a range of activities, which include fortnightly staff meetings, a staff intranet noticeboard and briefings by senior managers and attendance at seminars and conferences.

---

Tha ro-innleachd trèanaidh is leasachaidh aig Bòrd na Gàidhlig airson an luchd-obrach air fad. Tha an ro-innleachd seo a' cur taic ri bhith coileanadh an amais aig Bòrd na Gàidhlig gun cùm sinn suas agus gun toir sin piseach air èifeachdas ar n-obrach. Bidh an ro-innleachd seo a' gabhail ealla shònraichte ri priomhachasan Bhòrd na Gàidhlig fhèin, mar a chithear sa Phlana Chorporra, agus ris na feumalachdan leasachaidh a th' aig gach neach-obrach fa leth.

Tha an ìre àrd de dh'obair chom-pàirteach agus co-obrachadh eadar luchd-obrach am measg nam priomh adhbharan airson soirbheachadh na buidhne.

#### Gearr-chunntas air Co-ionannachd san Aithisg Bhliadhnailean

Fo Riaghailtean Achd na Co-ionannachd 2010 (Dleastanasan Sònraichte) (Alba) (na Riaghailtean), feumaidh Bòrd na Gàidhlig fios fhoillseachadh mun adhartas a nì e a thaobh a bhith dèanamh dleastanas co-ionannachd na roinne poblach na nì àbhaisteach don bhuidhinn agus a thaobh nam builean a stèidhich a' bhuidheann airson a h-uile dà bhliadhna. Às dèidh atharraichean a thàinig air na Riaghailtean, feumaidh Bòrd na Gàidhlig cuideachd aithrisean fhoillseachadh air co-ionannachd pàighidh agus fiosrachadh mu Bhuill a' Bhùird.

Tha Bòrd na Gàidhlig air cur roimhe fios as ùr a thoirt seachad mar phàirt de dh'aithisg bhliadhnailean buidhne, agus tha gearr-iomradh ann air sin gu h-iosal. Gheibhear aithisg iomlan air làrach-lin Bhòrd na Gàidhlig, le fiosrachadh air prògram nan iomairtean a tha a' bhuidheann air a bhith a' cur an sàs gus co-ionannachd a dhèanamh àbhaisteach nar n-obair. An lùib sin tha fiosrachadh air an adhartas a thathar a' dèanamh gus na builean a choileanadh a thaobh co-ionannachd.

Bòrd na Gàidhlig has a training and development strategy for all staff. The strategy supports the delivery of Bòrd na Gàidhlig's commitment to maintaining and improving the effectiveness of its work. The strategy pays attention to Bòrd na Gàidhlig's own priorities, as set out in the Corporate Plan, and to the development needs of individual members of staff.

The high level of teamwork and co-operation between staff members is another major contributing factor to our success.

#### Annual Report Equalities Summary

Under the Equality Act 2010 (Specific Duties) (Scotland) Regulations (the Regulations), Bòrd na Gàidhlig is required to publish progress on mainstreaming the public sector equality duty and the outcomes the organisation has set every two years. Following changes in the Regulations, Bòrd na Gàidhlig must also publish statements on equal pay and information about board members.

Bòrd na Gàidhlig has committed to providing an update as part of the organisation's annual report and a summary has been provided below for that purpose. The full report of the programme of mainstreaming initiatives that the organisation has been working to deliver, together with progress towards delivering the equality outcomes, can be found on the Bòrd na Gàidhlig website.

# MION-SGRÙDADH AIR COILEANADH

# PERFORMANCE ANALYSIS

## Adhartas le bhith Dèanamh Dleastanas Co-ionannachd na Roinne Poblaiche (DCRP) na Nì Àbhaisteach nar n-Obair

Tha Bòrd na Gàidhlig air grunn iomairtean a chur an sàs thar na bliadhna ionmhais a dh'fhalbh gus adhartas a dhèanamh airson DCRP a dhèanamh na nì àbhaisteach nar n-obair. Nam measg bha:

- A' togail aire dhaoine gu cùisean co-ionannachd aig gach ire den bhuidhinn agus am measg bhuidhnean com-pàirteach. Mar phàirt de seo chaidh bùithean-obrach a chumail far an deach beachdachadh air sàr mhodhan-obrach a thaobh in-ghabhail agus a bhith a' brosnachadh ionadachd, agus chaidh taisbeanadh a dhèanamh don Bhòrd Stiùridh;
- Chaidh plana gniomh ùr a dhealbh airson co-ionannachd a dhèanamh na nì àbhaisteach, plana a tha a' buntainn ris a h-uile neach-obrach. Thèid crioch a chur air a' phlana thairis air an ath bhliadhna ionmhais;
- Lean an obair gus am poileasaidh co-ionannachd a chur an sàs airson dèanamh cinnteach gun tèid priomh dhleastanasan is cinn-uidhe a thoirt air adhart agus gun tèid am fighe a-steach do gach poileasaidh is modh-obrach buntainneach aig a' bhuidhinn;
- Chaidh cùisean co-ionannachd fhighe a-steach don obair againn mar Phàrant Corporra;
- Bha sinn a' cumail oirnn a' cruinneachadh is a' sgrùdadh fhoirmichean-sgrùdaidh co-ionannachd airson fastadh, luchd-obrach a bhios a' fàgail agus luchd-obrach a th' againn an-dràsta, agus do dhaoine a gheibh maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig.

Tha Bòrd na Gàidhlig air Plana Càinain Nàiseanta Gàidhlig (PCNG) ùr fhoillseachadh airson 2018-2023 a tha a' toirt fa-near do cho cudromach 's a tha ionadachd. Thathar an dùil dleastanasan co-ionannachd fhighe a-steach don obair gus am PCNG a libhrigeadh, gus fiosrachadh mu cho-ionannachd a chruinneachadh a ghabhas

## Progress with Mainstreaming the Public Sector Equality Duty (PSED)

Bòrd na Gàidhlig has undertaken a number of activities over the past financial year to progress mainstreaming the PSED. These have included:

- Raising awareness of equalities at all levels of the organisation and with partner organisations. This has included delivery of workshops that have considered best practice for inclusion and encouraging diversity as well as a presentation to the board;
- Development of a new mainstreaming action plan involving all members of staff. This plan will be finalised over the next financial year;
- Ongoing work with the equality policy to ensure the key requirements and objectives are promoted and integrated into all other relevant organisational policies and procedures;
- Integrating equalities into requirements for corporate parenting;
- Ongoing collection and review of equalities monitoring forms for recruitment, leavers and current staff, and individuals receiving funding from the Bòrd na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig has issued a new National Gaelic Language Plan 2018 – 2023 (NGLP) which recognises the importance of diversity. It is intended to integrate equalities work streams into the delivery of the NGLP to begin capturing equalities information that can be used to inform Gaelic language and culture strategy and policy

---

cleachdad gus cuideachadh le bhith a' dealbh ro-innleachdan is phoileasaidhean airson cànan is cultar na Gàidhlig. Thathar an dùil cuideachd sàr mhodhan-obrach a chomharrachadh a thaobh in-ghabhail is iomadachd le sùil am fiosrachadh sin a cho-roinn le buidhnean a tha ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig.

An lùib nan oidhirpean eile a thathar a' dèanamh gus dleastanasan co-ionannachd a dhèanamh nam pàirt àbhaisteach der n-obair, thathar fhathast ag amas air prionnsapalan co-ionannachd a dhaingneachadh san obair againn agus thathar a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-iomairtean a thugadh gu buil a' coileanadh nan amasan aca. Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, thathar an dùil plana gniomh airson co-ionannachd ullachadh san ath bhliadhna ionmhais.

### Fiosrachadh mu Bhuill a' Bhùird

Bha còignear fhireannach agus sianar bhoireannach air a' Bhòrd Stiùiridh air 31 Màrt 2018, agus chaidh an cur nan dreuchdan le Riaghaltas na h-Alba. Tha na h-àireamhan sin fhathast ann aig an àm a thathar a' foillseachadh na h-aithisge seo.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag obrachadh leis an liosta-dhearbhaidh airson a' phlana airson Buill ùra a' Bhùird agus an goireas-taice a dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba gus faicinn ciamar a ghabhas feum nas fheàrr a dhèanamh de dh'fiosrachadh mu Bhuill a' Bhùird gus cuideachadh le bhith a' brosnachadh is a' coileanadh gach taobh de DCRP. Chaidh grunn dhleastanasan a choileanadh mu thràth, agus thairis air an ath bhliadhna ionmhais thathar an dùil an obair seo a stèidheachadh gu foirmeil, le poileasaidh airson iomairt sam bith nach eilear a' cur an sàs mu thràth tro ar n-obair airson co-ionannachd a dhèanamh na nì àbhaisteach.

development. It is also intended to identify best practice relating to inclusion and diversity with a view to sharing the information with those preparing their GLPs.

Additional mainstreaming activities continue to focus on embedding the principles of mainstreaming and ensuring that the initiatives that have been implemented are achieving their objectives. As stated above, it is intended to produce a new mainstreaming action plan during the next financial year.

### Board Member Information

There were five male and six female board members at 31 March 2018, appointed by the Scottish Government. Those numbers are still current at time of publication.

Bòrd na Gàidhlig is working with the succession plan checklist and toolkit issued by the Scottish Government to examine how information relating to board members can be better used to promote and meet all aspects of the PSED. A number of areas have already been implemented, and over the next financial year it is intended to formalise this work stream, introducing a policy for any initiatives that are not already addressed through work on mainstreaming.

# MION-SGRÙDADH AIR COILEANADH

# PERFORMANCE ANALYSIS

## An Àrainneachd

'S e priomh dhleastanas Bhòrd na Gàidhlig a' Ghàidhlig a chur air adhart, agus tha sinn a' dèanamh ar dichill ann an co-bhuinn ri Riaghaltas na h-Alba, muinntir na h-Alba agus na buidhnean Gàidhlig gus piseach a thoirt air cor a' chànan. San obair sin tha sinn a' frithealadh air gach ceàrnaidh de dh'Alba agus tha sinn a' cur gu mòr ri cultar agus foghlam na h-Alba. Ged nach eil Riaghaltas na h-Alba air targaidean co-cheangailte ris an àrainneachd a stèidheachadh do Bhòrd na Gàidhlig fhathast, tha sinn a' cur sùim mhòr ann an cùisean àrainneachd agus bidh sinn a' cur mhodhan-obrach an sàs a tha math don àrainneachd nuair as urrainn dhuinn. Nì sinn ar dicheall gus obrachadh ann an dòigh sheasmhach a thaobh na h-àrainneachd agus brosnaichidh sinn daoine, nar n-obair, gu bhith gan giùlan fhèin ann an dòigh a tha math don àrainneachd.

## Cùisean Co-cheangailte ri bhith a' Cur Stad air Coirbeachd is Bribearachd

Tha poileasaidhean soilleir aig Bòrd na Gàidhlig gus stad a chur air coirbeachd is bribearachd. Gheibhear iad sin ann an leabhran an luchd-obrach a gheibh a h-uile neach-obrach nuair a thòisicheas iad san dreuchd aca agus gheibh luchd-obrach fiosrachadh orra san trèanadh-inntrigidh aca.

## Environmental Matters

Bòrd na Gàidhlig's core work is to promote Gaelic, and it strives in partnership with the Scottish Government, the people of Scotland and the Gaelic organisations to improve the status of the language. This work covers all areas of Scotland and makes a significant contribution to Scottish cultural life and education. Whilst Bòrd na Gàidhlig currently has no environmental targets set by the Scottish Government, it takes environmental matters seriously and adopts environmentally-focussed practices where possible. We will strive to operate in an environmentally sustainable manner and encourage environmentally sustainable behaviours in our activities.

## Anti-corruption and Anti-bribery matters

Bòrd na Gàidhlig has clear policies to deal with preventing corruption and bribery. These are contained within the staff handbook which is issued to all staff on commencement of their employment and information about these forms part of staff induction.

## Dion Dàta

Chaidh obair ullachaidh nach beag a dhèanamh mus deach an Riaghait Choitcheann airson Dion Dàta (RCDD) a chur an sàs gus dèanamh cinnteach gun cumar ris an riaghait. An lùib an ullachaidh sin fhuras comhairle bho eòlaichean taobh a-muigh na buidhne a thug sùil air ar siostaman, a' gabhail a-steach ar poileasaidh airson rianachd chlàran agus mar a thathar ga chur an sàs, agus chaidh seiseanan trèanaidh is leasachaидh a chumail airson an luchd-obrach is nan sgiobaidhean uile airson dèanamh cinnteach gun deigheadh iad an sàs san obair gus modhan-obrach a dhealbh is a chur an gniomh. Cuideachd, rinn sinn cinnteach gun robh tuigse mhath aca air carson a bha na h-atharraichean ann agus air na cunnartan a bh' ann mura cùm sinn ris na riaghailtean.

## Poileasaidh Pàighidh airson Luchd-solarachaidh

Tha e na phoileasaidh aig Bòrd na Gàidhlig gum pàigh sinn gach neach-solarachaidh taobh a-staigh 30 latha-obrach bhon a gheibhear am fàirdeal, agus thèid seo innse don luchd-obrach a tha dèiligeadh ri bhith pàigheadh luchd-solarachaidh agus ma dh'iarras iad, thèid seo innse do luchd-solarachaidh. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh nan riatanasan a tha Riaghaltas na h-Alba air a stèidheachadh a thaobh a bhith pàigheadh chompanaidhean beaga, sin gum bithear ag amas air am pàigheadh taobh a-staigh 10 latha. B' e an ùine a thug e dhuinn sa chumantas luchd-fiach a phàigheadh 1 latha (16/17 – 2 latha).

## Data Protection

The implementation of the General Data Protection Regulation (GDPR) was preceded by significant preparation to ensure compliance. This included external expert advice to review our systems, including our records management policy and implementation, as well as training and development sessions for all staff and for teams so as to ensure their involvement in development and implementation, as well as good understanding of the objectives of the changes and risks surrounding non-compliance.

## Supplier Payment Policy

It is Bòrd na Gàidhlig practice to pay all suppliers no later than 30 working days from receipt of invoice in accordance with its policy, which is made known to the staff that handle payments to suppliers and is made known to suppliers on request. Bòrd na Gàidhlig meets the requirements laid down by the Scottish Government in respect of payments to small companies, which stipulates a payment target no later than 10 days. The average time taken to pay creditors during the year was 1 day (16/17 – 2 days).

# MION-SGRÙDADH AIR COILEANADH

# PERFORMANCE ANALYSIS

## Iarrtasan fo Achd Saorsa an Fhiosrachaидh

Mar bhuidhinn a tha a' faighinn maoineachadh poblach tha e na amas do Bhòrd na Gàidhlig cumail gu tur ri Achd Saorsa an Fhiosrachaидh (Alba) 2000. Coltach ris a' mhòr-chuid de dh'Ùghdarrasan Poblach ann an Alba, tha Bòrd na Gàidhlig air **Sgeama Foillseachaidh Coileanta**, a dh'fhoillsich Coimiseanair Fiosrachaидh na h-Alba, a chur an sàs.

Ann an 2017/18 fhuair Bòrd na Gàidhlig 24 (16/17 - 12) iarrtasan fo Achd Saorsa an Fhiosrachaидh.



**Shona NicIlinnein**  
Oifigear Cunntachail  
24 Dàmhair 2018

## Freedom of Information Requests

As a public funded organisation, Bòrd na Gàidhlig is committed to full compliance with the Freedom of Information (Scotland) Act 2000. In line with most other Scottish Public Authorities, Bòrd na Gàidhlig has now adopted the **Model Publication Scheme** produced by the Scottish Information Commissioner.

In 2017/18, Bòrd na Gàidhlig received 24 (16/17 - 12) Freedom of Information requests.



**Shona MacLennan**  
Accountable Officer  
24 October 2018

# AITHISG CUNNTACHALACHD

---

# ACCOUNTABILITY REPORT

San aithisg seo chithear priomh aithrisean a dh'fheumas Bòrd na Gàidhlig fhoillseachadh gus cumail ri riatanasan aithris a thaobh cunntachalachd agus tha iad a' dearbhadh gu bheil deagh riaghladh corporra ga chur an sàs.

'S iad na h-aithrisean a gheibhear san aithisg seo:

- Aithisg air Riaghladh Corporra a tha a' gabhail a-steach Aithisg nan Stiùirichean, Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail agus Aithris air Riaghladh
- Aithisg air Tuarastalan is Luchd-obrach
- Fiosrachadh Co-cheangailte ri Cunntachalachd don Phàrlamaid

This report incorporates key statements that enable Bòrd na Gàidhlig to meet accountability reporting requirements and demonstrates good corporate governance.

The statements incorporated in this report are:

- A Corporate Governance Report consisting of the Directors' Report, Statement of Accountable Officer's Responsibilities and Governance Statement
- Remuneration and Staff Report
- Parliamentary Accountability Disclosures

# AITHISG AIR RIAGHLADH CORPORRA

# CORPORATE GOVERNANCE REPORT

## Aithisg nan Stiùirichean

### Ballrachd a' Bhùird

Gheibhear fiosrachadh air Buill a' Bhùird san Aithris air Riaghlaigh air duilleag 58. Chithear Clàr Chom-pàirtean nam Ball air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig: [www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot)

### Cisean nach buin don Sgrùdadadh

Cha deach suimeannan a phàigheadh do Sgrùdadadh na h-Alba airson seirbheisean an neach-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh, Deloitte LLP, ach a thaobh an sgrùdaidh reachdail a rinneadh (faicibh nota 6, duilleag 110) air nan cunntasan.

### Tachartasan Co-cheangailte ri Dàta Pearsanta

Cha robh gin a thachartasan ann co-cheangailte ri dàta pearsanta rè na bliadhna (16/17 – cha robh gin).

### Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail

Fo Earrainn 8 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, feumaidh Bòrd na Gàidhlig cunntasan ullachadh airson gach bliadhna ionmhais ann an cruth agus a rèir mhodhan a thathar ag iarraidh san Stiùireadh airson Chunntasan. Thathar ag ullachadh nan cunntasan le bhith a' clàradh shuimeannan nuair a tha iad air an cosnadh no rim pàigheadh agus feumaidh iad dealbh fior agus cothromach a shealltainn de shuidheadhachadh Bhòrd na Gàidhlig aig deireadh na bliadhna ionmhais agus de theachd-a-steach agus caiteachas, buannachdan is call a chaidh aithneachadh agus sruthan airgid airson na bliadhna ionmhais.

## Directors' Report

### Board Composition

Information on Board Members is given in the Governance Statement on page 58. The Register of Members' interests can be viewed on the Bòrd na Gàidhlig website [www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot)

### Non-Audit Fees

No payments were made to Audit Scotland for the services of the external auditor, Deloitte LLP, other than in respect of the statutory audit (see note 6, page 110) to the accounts.

### Personal Data Related Incidents

There were no personal data related incidents during the year (16/17 – Nil).

### Statement of Accountable Officer's Responsibilities

Under Section 8 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, Bòrd na Gàidhlig is required to prepare for each financial year a statement of accounts in the form and on the basis set out in the Accounts Direction. The accounts are prepared on an accruals basis and must give a true and fair view of the state of affairs of Bòrd na Gàidhlig as at the end of the financial year and of the income and expenditure, total recognised gains and losses and cash flows for the financial year.

---

Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan, feumaidh an t-Oifgear Cunntachail cumail ri riatanasan Leabhran an Riaghaltais airson Aithrisean Ionmhasail agus gu sònraichte a thaobh a bhith:

- Cumail ris an Stiùireadh airson Chunntasan a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba, agus sin a' gabhail a-steach a bhith a' cumail ris na riatanasan cunntasachd is foillseachaidh buntainneach, agus a bhith a' cur an sàs poileasaidhean cunntasachd iomchaidh gu cunbalach;
- A' dèanamh cho-dhùnaidhean is thuairmsean a tha reusanta;
- A' mìneachadh mar a chaidh cumail ri inbhean cunntasachd iomchaidh a gheibhear ann an Leabhran an Riaghaltais airson Aithrisean Ionmhasail, agus a' foillseachadh is a' mineachadh àite sam bith sna cunntasan far nach deach cumail ris na h-inbhean seo; agus
- Ag ullachadh nan cunntasan leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol.

Tha am Prìomh Oifgear Cunntachail aig Riaghaltas na h-Alba air Shona NicIllinnein a chur an dreuchd mar Oifgear Cunntachail aig Bòrd na Gàidhlig. Tha na dleastanasan a bhuineas do dhreuchd an Oifgeir Chunntachail air an cur an cèill ann an 'A Cumail Rian air Airgead Poblach' a dh'fhoillsich Roinn Ionmhais na Banrigh, agus iad a' gabhail a-steach uallach gun tèid iomchaidheachd is cunbalachd a chur an sàs nuair a thathar a' làimhseachadh nam maoinean poblach a tha an urra ris an Oifgear Chunntachail, gun tèid clàran ceart a chumail de sho-mhaoinean Bhòrd na Gàidhlig agus gun tèid an dion.

In preparing the accounts, the Accountable Officer is required to comply with the requirements of the Government Financial Reporting Manual and in particular to:

- Observe the Accounts Direction issued by the Scottish Ministers, including the relevant accounting and disclosure requirements, and apply suitable accounting policies on a consistent basis;
- Make judgements and estimates on a reasonable basis;
- State whether applicable accounting standards as set out in the Government Financial Reporting Manual have been followed, and disclose and explain any material departures in the accounts; and
- Prepare the accounts on a going concern basis.

The Principal Accountable Officer of the Scottish Government has appointed Shona MacLennan as Accountable Officer of Bòrd na Gàidhlig. The responsibilities of an Accountable Officer, including responsibility for the propriety and regularity of the public finances for which the Accountable Officer is answerable, for keeping proper records and for safeguarding Bòrd na Gàidhlig's assets, are set out in 'Managing Public Money' published by the HM Treasury.

# AITHISG AIR RIAGHLADH CORPORRA

# CORPORATE GOVERNANCE REPORT

## A' Foillseachadh Fiosrachadh don Luchd-sgrùdaidh

Mar an t-Oifigear Cunntachail, cho fad is 's aithne dhomh, chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith ann mu nach eil fios aig luchd-sgrùdaidh a' Bhùird agus còir fios a bhith aca air. Tha mi air gach ceum reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil fios agam air fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith agus gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-sgrùdaidh a' Bhùird air an fhiosrachadh sin.

Mar an t-Oifigear Cunntachail, tha mi a' dearbhadh gu bheil an aithisg bhliadhnaile agus na cunntasan le chèile, cothromach, gun chlaonadh agus gun gabh iad an tuigsinn. Tha mi cuideachd a' dearbhadh gu bheil mi a' gabhail uallach pearsanta airson na h-aithisge bliadhnaile agus nan cunntasan agus airson a' bhreithneachaiddh a chaidh a dhèanamh gus dearbhadh gu bheil iad cothromach, gun chlaonadh agus gun gabh iad an tuigsinn.

## Aithris air Riaghlaigh

### Cùl-fhiosrachadh

Bidh an Aithris air Riaghlaigh Corporra a' cumail clàr de stiùbhardachd Bhòrd na Gàidhlig agus tha i mar aithris a bharrachd airson nan cunntasan bliadhnaile. Bidh an aithris seo cuideachd a' tarraing còmhla aithrisean air an t-suidheachadh mar a thà e agus fianais air riaghlaigh, rianachd chunnartan agus modhan-smachd, gus am bi dòigh aithris shoilleir agus chunbalach ann.

## Disclosure of Information to the Auditors

As Accountable Officer, as far as I am aware, there is no relevant audit information of which the Bòrd's auditors are unaware. I have taken all reasonable steps to make myself aware of any relevant audit information and to establish that the Bòrd's auditors are aware of the information.

As Accountable Officer, I can confirm that the annual report and accounts are as a whole, fair, balanced and understandable. I can also confirm that I take personal responsibility for the annual report and accounts and the judgments required for determining that it is fair, balanced and understandable.

## Governance Statement

### Background

The Corporate Governance Statement records the stewardship of Bhòrd na Gàidhlig and supplements the annual accounts. This statement also draws together position statements and evidence on governance, risk management and control, to provide a coherent and consistent reporting mechanism.

## Íre nan Dleastanasan

Mar an t-Oifigear Cunntachail, tha e mar uallach orm siostam buadhach in-smachd a chumail suas a bheir taic do choileanadh phoileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe na buidhne a stèidhich Ministearan na h-Alba. Tha e cuideachd an urra rium na maoinean poblach agus so-mhaoinean poblach, a tha an urra riumsa gu pearsanta, a dhion a rèir nan dleastanasan a chaidh a stèidheadachadh ann am "Meòrachan an Oifigeir Chunntachail".

## Frèam Riaghlaidh

San fhrèam riaghlaidh tha siostaman is pròiseasan, feallsanachd agus prionnsapalan a stiùireas agus a chumas rian air obair a' Bhùird Stiùiridh. Cuideachd san fhrèam tha ar gniomhachd a tha sinn cunntachail air a shon do Mhinistearan, agus a leigeas leinn a dhol an sàs ann an com-pàirt ri ar luchd-ùidhe. Tha e toirt comas don Bhòrd Stiùiridh sùil a chumail air mar a choileanar ar cinn-uidhe ro-innleachdail agus 's urrainn dhuinn beachd a ghabhail feuch a bheil sinn a' faicinn nam builean a bha sinn an dùil fhaicinn ri linn nan ceann-uidhe sin.

Tha am pròiseas a tha ga chur an sàs taobh a-staigh na buidhne a rèir an stiùiridh bho Mhinistearan na h-Alba a gheibhear ann an Leabhran Ionmhas Poblach na h-Alba (LIPA) agus tha am pròiseas sin air a bhith ga chur an gniomh rè 2017/18 agus suas chun a' chinn-latha air an d' fhuaire an aithisg bhliadhnaile is cunntasan aonta.

## Scope of Responsibility

As Accountable Officer, I have responsibility for maintaining a sound system of internal control that supports the achievement of the organisation's policies, aims and objectives, set by Scottish Ministers, whilst safeguarding the public funds and assets for which I am personally responsible, in accordance with the responsibilities set out in the "Accountable Officer's Memorandum".

## Governance Framework

The governance framework comprises the systems and processes, and culture and values, by which the Board is directed and controlled; and its activities through which it accounts to Ministers and engages with its stakeholders. It enables the Board to monitor the achievement of its strategic objectives, and to consider whether those objectives have led to the delivery of the desired outcomes.

The process within the organisation accords with guidance from Scottish Ministers in the Scottish Public Finance Manual (SPFM) and has been in place during the course of 2017/18 and up to the date of approval of the annual report and accounts.

Bidh Ministearan na h-Alba a' foillseachadh LIPA gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean buntainneach eile air mar a bu chòir dhaibh clàran ceart a chumail de mhaoinean poblach agus air mar a bu chòir an làimhseachadh. Tha LIPA a' cur an cèill nan riatanasan reachdail, pàrlamaideach agus rianachd buntainneach, agus tha e a' cur cuideam air èifeachdas, buadhachd agus caomhantachd, agus tha e a' moladh deagh mhodhan-obrach agus inbhean àrda a thaobh iomchaidheachd.

Tha am frèam riaghlaidh air a bhith aig Bòrd na Gàidhlig airson na bliadhna a chriochnaich air 31 Màrt 2018 agus suas chun a' chinn-latha a chaidh an Aithisg Bhliadhnailean agus an Aithris air na Cunntasan aontachadh.

### Am Bòrd Stiùiridh

Tha an Cathraiche air ceann a' Bhùird Stiùiridh agus tha an Ceannard a' stiùireadh riaghlaidh gniomhach na buidhne.

Air a' Bhòrd Stiùiridh tha an Cathraiche agus suas ri aon Bhall deug neo-dhreuchdail agus bidh iad a' coinneachadh gu cunbalach tron bhliadhna. Mar as trice bidh Buill a' Bhùird air a' Bhòrd Stiùiridh airson ceithir bliadhna, ach dh'fhaodadh nach bithear daonnaan a' cumail ri seo gus dèanamh cinnteach gum bi leatalachd ann am ballrachd a' Bhùird.

The SPFM is issued by Scottish Ministers to provide guidance to the Scottish Government and other relevant bodies on the proper handling and reporting of public funds. The SPFM sets out the relevant statutory, parliamentary and administrative requirements, emphasises the need for efficiency, effectiveness and economy, and promotes good practice and high standards of propriety.

The governance framework has been in place at Bòrd na Gàidhlig for the year ended 31 March 2018 and up to the date of approval of the Annual Report and Statement of Accounts.

### The Board

The Cathraiche (Chair) leads the Board and the Ceannard (CEO) leads the executive management of the organisation.

The Board comprises the Cathraiche and up to eleven non-executive Members, and meets regularly throughout the year. The normal term of office for a Board member is four years, although lengths of appointments may be varied to ensure continuity of Board membership.

---

Tha uallach air a' Bhòrd Stiùiridh airson àrd-stiùireadh, stiùireadh ro-innleachdail agus soirbheachadh na buidhne. Tha e cuideachd an urra ris a' Bhòrd Stiùiridh dèanamh cinnteach gun tèid siostaman rianachd chunnartan agus siostaman in-smachd èifeachdach agus planadh airson leantalachd luchd-dreuchd a chur an sàs. Bidh am Bòrd Stiùiridh a' coileanadh an dleastanasan le coinneamhan cunbalach agus coinneamhan sònraichte, ma bhios feum orra. Tha am Bòrd Stiùiridh air cuid a chûisean a ghleidheadh fo an ùghdarris fhèin airson beachdachadh orra agus an aontachadh. Nam measg tha cùisean ro-innleachdail, cunnartan don bhuidhinn, aontachadh ris a' bhuidseat bhliadhnaile, ag aontachadh ri cùmhnantan tàbhachdach agus planadh airson leantalachd luchd-dreuchd ann an Dreuchdan Stiùiridh.

Tha e na amas don Bhòrd Stiùiridh sàr riaghlaadh corporra a chur an sàs agus tha iad den bheachd gu bheil structar riaghlaidh math cudromach do bhuidhinn a tha a' dol a shoirbheachadh.

### **Comataidhean Bhòrd na Gàidhlig**

A' Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan

'S e priomh dhleastanas na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan a bhith stiùireadh na h-obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil pròiseasan freagarrach gan cur an sàs air feadh na buidhne a thaobh chunnartan, smachd is riaghlaidh. Ann an co-bhuinn ris an Sgioba Stiùiridh, bidh a' Chomataidh a' dèanamh an dichill gus dèanamh cinnteach gun tèid na gniomhan a tha dhìth a dhèanamh gus rian a chumail air cunnartan aig ire ro-innleachdail an lùib obair na buidhne agus gun tèid ealla a ghabhail ri cunnartan nar n-obair. Mar phàirt de sin, thèid gniomhan a chur an sàs gun dàil ma thèid cùisean a thogail leis an Neach In-sgrùdaidh no leis an Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh.

The Board is responsible for the overall management, strategic direction, maintenance of sound risk management and internal control systems, succession planning and performance of the body. It discharges its responsibilities through regular scheduled meetings and ad hoc meetings, as may be required. The Board has reserved specific matters to itself for determination and approval which include strategic issues, the risk profile of the body, approval of the annual budget, approval of material contracts and succession planning for Leadership.

The Board is committed to high standards of corporate governance and believes that a sound governance structure engenders a successful organisation.

### **Committees of Bòrd na Gàidhlig**

Audit & Risk Management Committee

The Audit & Risk Management Committee's principal function is to lead on ensuring that there are adequate risk, control and governance processes in place throughout the organisation. In conjunction with the Leadership Team, the Committee will seek to ensure that the required actions to manage risk at a strategic level are appropriately reflected and incorporated in operation delivery. This will include prompt action on raised Internal and External Audit matters.

# AITHISG AIR RIAGHLADH CORPORRA

# CORPORATE GOVERNANCE REPORT

Coinnichidh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnaertan co-dhiù trì tursan sa bhliadhna. Tha triùir Bhall neo-dhreuchdail oirre gu h-àbhaisteach: an Cathraiche agus dithis Bhall eile. Bha Faye NicLeòid, nach eil na Ball den Bhòrd, na Cathraiche air a' Chomataidh gun Ògmhios 2017 agus bha Johan Nic a' Ghobhainn sa chathair às dèidh sin.

Gu h-àbhaisteach, bidh an t-Oifigear Cunnatachail, Ceann nan Seirbheisean Corporra, Ceann Roinn an Ionmhais, agus an Neach In-sgrùdaidh an làthair aig na coinneamhan. Théid fiathachadh a thoirt do riochdairean bhon Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh a thiginn gu na coinneamhan, agus bidh cothrom aca co-dhiù dà thuras sa bhliadhna coinneachadh ris a' Chomataidh aig coinneamh phriobhaideach. Cuideachd, faodaidh a' Chomataidh coinneachadh ris an Neach In-sgrùdaidh aig coinneamh phriobhaideach. Bidh a' Chomataidh ag obair air stèidh neo-eisimeileach agus ni i aithris don Bhòrd Stiùridh. Choimich a' Chomataidh seo trì tursan ann an 2017/18.

## A' Chomataidh Ionnsachaidh

Bidh a' Chomataidh Ionnsachaidh a' toirt taic don Bhòrd Stiùridh le ro-innleachdan gus na priomhachasan a choileanadh a chithear san earrainn, Ionnsachadh na Gàidhlig, sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig, agus tha obair chom-pàirteach le daoine eile na pàirt de sin. Bidh iad cuideachd a' cumail sùil air na slatan-tomhais airson coileanadh, a' gabhail a-steach nan slatan-tomhais a chleachdar sa mheadhan-ùine agus san ùine fhada gus adhartas a chomharrachadh, a chleachdas am Bòrd Stiùridh gus adhartas a mheasadh leis gach priomhachas san earrainn, Ionnsachadh na Gàidhlig, sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig. Cuideachd, ni iad tomhas air adhartas mu choinneamh nan slatan-tomhais airson coileanadh a chaidh aontachadh, agus bheir iad sùil gu h-àraighe air raointeal far nach eil gu leòr adhartais air a bhith ann.

The Audit & Risk Management Committee will meet at least three times a year. It normally comprises three non-executive members: the chairperson and two other members. It was chaired by a lay chair member Faye MacLeod until June 2017 and by Johan Smith thereafter.

The Accountable Officer, the Head of Corporate Services, the Head of Finance, and the Internal Auditor will normally attend meetings. Representatives of External Audit will be invited to meetings, and will have the opportunity at least twice a year to meet the Committee in private. The Committee can also meet with the Internal Auditor in private. It operates independently and reports to the Board. This Committee met three times during 2017/18.

## Learning Committee

The Learning Committee supports the Board in strategies to achieve the priorities set out in the Learning Gaelic section of the National Gaelic Language Plan, including working in partnership with others. It also monitors the performance framework, including short medium and long-term indicators of success, to be used by the Board to track the progress of delivery of each of the priorities in the Learning Gaelic section of the National Gaelic Language Plan. Additionally, it will measure progress against the agreed performance framework and, in particular any areas where progress is insufficient

---

Bidh a' Chomataidh Ionnsachaidh a' coinneachadh co-dhiù ceithir tursan sa bhliadhna. Faodaidh Cathraiche na Comataidh coinneamhan a bharrachd a chur air dòigh ma tha i/e ga mheas ionchaidh. Gus cuòram a bhith ann aig coinneimh, feumaidh co-dhiù dithis Bhall a bhith an làthair. 'S e Seumas Whannel Cathraiche na Comataidh Ionnsachaidh.

Gu h-àbhaisteach, bidh an t-Oifigear Cunntachail agus Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig an làthair aig coinneamhan, agus thig luchd-obrach eile gu coinneamhan nuair a bhios feum orra. Choinnich a' Chomataidh ceithir tursan ann an 17/18.

### Comataidh Cleachdad na Gàidhlig

Bidh Comataidh Cleachdad na Gàidhlig a' toirt taic don Bhòrd Stiùiridh le ro-innleachdan gus na priomhachasan a choileanadh a chithear san earrainn, A' Cleachdad na Gàidhlig, sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig, agus tha obair chom-pàirteach le daoine eile na pàirt de sin. Bidh iad cuideachd a' cumail sùil air na slatan-tomhais airson coileanadh, a' gabhail a-steach nan slatan-tomhais a chleachdar sa mheadhan-ùine agus san ùine fhada gus adhartas a chomharrachadh, a chleachdas am Bòrd Stiùiridh gus adhartas a mheasadh leis gach priomhachas san earrainn, A' Cleachdad na Gàidhlig, sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig. Cuideachd, nì iad tomhas air adhartas mu choinneamh nan slatan-tomhais airson coileanadh a chaidh aontachadh, agus bheir iad sùil gu h-àraidh air raointean far nach eil gu leòr adhartais air a bhith ann.

Bidh Comataidh Cleachdad na Gàidhlig a' coinneachadh co-dhiù ceithir tursan sa bhliadhna. Gus cuòram a bhith ann aig coinneimh, feumaidh co-dhiù triùir Bhall a bhith an làthair. 'S i Màiri T NicAonghais Cathraiche Comataidh Cleachdad na Gàidhlig.

The Learning Committee will meet at least four times a year. The Chair of the Committee may convene additional meetings as and when deemed necessary. A minimum of two members will be present for the meeting to be deemed quorate. The Learning Committee is chaired by Jim Whannel.

The Accountable Officer and Director of Gaelic Education will normally attend meetings, along with other staff as appropriate. During 17/18 it met four times.

### The Gaelic Usage Committee

The Gaelic Usage Committee supports the Board in strategies to achieve the priorities set out in the Using Gaelic section of the National Gaelic Language Plan, including working in partnership with others. It also monitors the performance framework, including short medium and long-term indicators of success, to be used by the Board to track the progress of delivery of each of the priorities in the Using Gaelic section of the National Plan. Additionally, it will monitor progress against the agreed performance framework and, in particular, any areas where progress is insufficient

The Gaelic Usage Committee will normally meet four times per year. A minimum of three members will be present for the meeting to be deemed quorate. The Gaelic Usage Committee is chaired by Mary T MacInnes.

## AITHISG AIR RIAGHLADH CORPORRA

## CORPORATE GOVERNANCE REPORT

---

Gu h-àbhaisteach, bidh an t-Oifigear Cunntachail agus an Stiùiriche Planadh Càinain is Leasachaidhean Coimhairsnachdan an làthair aig coinneamhan, agus thig luchd-obrach eile gu coinneamhan nuair a bhios feum orra. Choinnich a' Chomataidh ceithir tursan ann an 2017/18.

The Accountable Officer and Director of Language Planning & Community Developments will normally attend meetings, along with other staff as appropriate. During 2017/18 it met four times.

**Bòrd na Gàidhlig 2017/18:**  
**Ballrachd Chomataidhean agus Làthaireachd**  
**Committee Membership and Attendance**

Ball Member	Am Bòrd Stiùridh Board	A' Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan Audit & Risk Management Committee	A' Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan Learning Committee	Comataidh Cleachdadadh na Gàidhlig The Gaelic Usage Committee
 <b>Allan MacDonald</b> Chair	<b>Ailean Dòmhnullach</b> Cathraiche 			
 <b>Dòmhnull MacSuain</b> Donald MacSween				
 <b>Dòmhnull MacLeòid</b> Donald MacLeod				
 <b>Johan Nic a' Ghobhainn</b> Johan Smith				
 <b>Joy Dunlop</b> Joy Dunlop				
 <b>Ailean Caimbeul</b> Allan Campbell				
 <b>Màiri Anna NicUalraig</b> Mary Ann Kennedy				
 <b>Jennifer Gilmour</b> Jennifer Gilmour				
 <b>Fiona Dunn</b> Fiona Dunn				
 <b>Màiri T NicAonghais</b> Mary T MacInnes				
 <b>Seumas Whannel</b> Jim Whannel				

\*= Board meetings are held over two days, each day is counted as a separate attendance. Attendance scored out of days eligible to attend.

\*= Bithear a' cumail choinneamhan a' Bhùird thairis air dà latha, tha gach latha air a chunntadh mar latha fa leth airson làthaireachd. Bithear a' clàradh sgòr airson làthaireachd a rêu nan làithean far an robh coinneamhan ann.

# AITHISG AIR RIAGHLADH CORPORRA

# CORPORATE GOVERNANCE REPORT

## Buidhnean-obrach

Thug trì Buidhnean-obrach taic do dh'obair Bhòrd na Gàidhlig rè na bliadhna. B' iad sin:

- A' Bhuidheann-obrach Riaghlaidh
- Buidheann-obrach Adhartachadh na Gàidhlig
- Buidheann-obrach nan Ealain Gàidhlig

## Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig

'S e Ailean Dòmhnullach Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig. Tha an Cathraiche cunntachail do Mhinistearan na h-Alba às leth a' Bhùird Stiùiridh airson dèanamh cinnteach gum bi poileasaidhean is gniomhan Bhòrd na Gàidhlig a' cur ri coileanadh dleastanasan reachdail na buidhne agus poileasaidhean ro-innleachdail coitcheann Mhinistearan na h-Alba agus gun tèid gnothaichean Bhòrd na Gàidhlig a chur an sàs le ionracas. Tha na dleastanasan corporra, air an cur an ceil gu h-àrd airson a' Bhùird Stiùiridh, air a' Chathraiche agus air na Buill agus e gu sònraichte an urra riutha dèanamh cinnteach gun coilean Bhòrd na Gàidhlig na h-amasan is cinn-uidhe a stèidhich Ministearan na h-Alba dha.

## An Sgoba Stiùiridh 17-18

- Shona NicIllinnein (Ceannard)
- Daibhidh Boag (Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhairsnachd)
- Mona Wilson (Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig)
- Alasdair MacPhionghuin (Ceann nan Seirbheisean Corporra)
- Steven MacIomhair (Ceann Roinn a' Chonaltraidh, Margaidheachd is TF – gu 5 Cèitean 2017)
- Murchadh Moireasdan (Manaidsear Conaltraidh is Thachartasan – bho 17 Cèitean 2017)
- Graham Nisbet (Ceann Roinn an Ionmhais – gu 23 Gearran 2018)\*

## Working Groups

During the year, the work of Bòrd na Gàidhlig was supported by three Working Groups. These were:

- Governance Working Group
- Promoting Gaelic Working Group
- Gaelic Arts Working Group

## The Cathraiche of Bòrd na Gàidhlig

The Cathraiche is Allan MacDonald. The Cathraiche is responsible to Scottish Ministers on behalf of the Board, for ensuring Bòrd na Gàidhlig's policies and actions support delivery of the statutory functions and the wider strategic policies of the Scottish Ministers; and that Bòrd na Gàidhlig's affairs are conducted with probity. The Cathraiche shares with other Board members the corporate responsibilities set out above for the Board and, in particular, for ensuring that Bòrd na Gàidhlig fulfils the aims and objectives set by the Scottish Ministers.

## Leadership Team 17-18

- Shona MacLennan (Ceannard (CEO))
- David Boag (Director of Language Planning & Community Developments)
- Mona Wilson (Director of Gaelic Education)
- Alasdair MacKinnon (Head of Corporate Services)
- Steven MacIver (Head of Marketing, Communications and IT – to 5 May 2017)
- Murdo Morrison (Communications & Events Manager – from 17 May 2017)
- Graham Nisbet  
(Head of Finance – to 23 February 2018)\*

---

Bidh an Sgioba Stiùiridh a' coinneachadh gu cunbalach agus tha e an urra riutha dleastanasan reachdail agus amasan ro-innleachdail a' Bhùird Stiùiridh a choileanadh. San Sgioba Stiùiridh tha an Ceannard agus Ceann gach roinn obrachaidh. Tha e na amas don Sgioba Stiùiridh sàr riaghlaigh corporra a chur an sàs agus nì iad an dicheall gus am bi an ceannas, an sealladh ro-innleachdail agus àrainneachd riaghlaigh ann a tha riatanach do bhith coileanadh priomh amasan Bhòrd na Gàidhlig.

*\*Cha deach neach eile fhastadh na àite*

## Frèam Chunnartan is Smachd

Feumaidh gach buidheann – a dh'fheumas cumail ri riatanasan Leabhran Ionmhas Poblach na h-Alba – ro-innleachd a chur an sàs airson rianachd chunnartan a rèir nan stiùiridhean iomchaidh a dh'fhoillsicheas Ministearan na h-Alba.

Chithear mineachadh gu h-iosal air mar a thèid Rian a chumail air Cunnartan. Thèid mar a chumar rian is smachd air cunnartan mòra, planaichean-gniomha agus clàran-ama aontachadh agus thèid aontachadh cò na manaidsearan a tha an urra riutha. Bidh an Sgioba Stiùiridh a' cumail Clàran-chunnartan, a' gabhail a-steach phlanaichean-gniomha, agus thèid an ath-sgrùdadadh bho àm gu àm. Thèid aithris a dhèanamh gu cunbalach air coileanadh phlanaichean-gniomha airson rianachd chunnartan don Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan agus don Bhòrd Stiùiridh. Bidh earrainn air Cunnartan anns gach plana no moladh susbainteach a thèid a chur air beulaibh a' Bhùird Stiùiridh airson co-dhùnadadh/aonta.

Thèid an Clàr-chunnartan ath-sgrùdadadh gu cunbalach leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan.

The Leadership Team meets on a regular basis and is responsible for delivering the statutory functions and strategic aims of the Board. The Leadership Team consists of the Ceannard and the Head of each operating unit. The Leadership Team is committed to high standards of corporate governance and strives to provide the leadership, strategic oversight and control environment required to deliver Bòrd na Gàidhlig's key aims.

*\*Post not replaced*

## The Risk and Control Framework

All organisations subject to the requirements of the Scottish Public Finance Manual (SPFM) must operate a risk management strategy in accordance with relevant guidance issued by the Scottish Ministers.

The Risk Management process is outlined below. The management and control of significant risks, action plans and timescales are agreed and managed and responsible managers are assigned. Risks Registers, including action plans, are maintained and periodically reviewed by the Leadership Team. Implementation of action plans to manage risk is reported regularly to the Audit & Risk Management Committee and the Board. A section on Risks is included in all significant plans and proposals submitted to the Board for decision/approval.

The Risk Register is regularly reviewed by the Audit & Risk Management Committee.

## AITHISG AIR RIAGHLADH CORPORRA

## CORPORATE GOVERNANCE REPORT

Tha e na amas don Bhòrd Stiùiridh a bhith a' sior leasachadh agus a' toirt piseach air cùisean le bhith a' dealbh is ag ùrachadh ar siostaman a rèir ath-sgrùdaidhean is leasachaidhean iomchaidh sam bith a bhios ann a thaobh deagh ghnè san raon seo, an lùib sin:

- bithear a' toirt fa-near cho cudromach 's a thrianachd chunnartan do dh'obair na buidhne, agus stiùir iad an obair gus Clàr-chunnartan Ro-innleachdail ùr a chruthachadh don Ùghdarris;
- nithear cinnteach gu bheil prionnsapalan air cùl Rianachd Chunnartan fighte a-steach ann an stiùireadh coitcheann na buidhne;
- thèid an Clàr-chunnartan ùrachadh gu cunbalach;
- bheir Cathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan aithrisean seachad don Bhòrd Stiùiridh bho àm gu àm, le fios mu in-smachd; agus
- nithear cinnteach gum bi rianachd chunnartan mar phàirt de ar siostaman a thaobh mar a tha am Bòrd Stiùiridh a' toirt thabhartasan seachad agus de phlanadh corporra san fharsaingeachd.

Tha am Bòrd Stiùiridh a' cumail ris a' phoileasaidh aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh Tèarainteachd Fiosrachaidh, agus tha Priomh Shealbhadaidh Chunnartan a thaobh Fiosrachaidh againn gus rian a chumail air cunnartan do dh'fhiorsachadh.

### In-sgrùdadadh

Tha an obair in-sgrùdaidh na pàirt riatanach den t-siostam in-smachd. Bidh Ailig Greumach, CA, a' toirt seirbheis in-sgrùdaidh do Bhòrd na Gàidhlig, agus e na neach-obrach don bhuidhinn, agus bidh e ag ullachadh Plana Bliadhnailean stèidhichte air beachdan a chaidh a ghabhail air cùisean buntainneach, cùisean cudromach aig ire chorporra agus cunnartan. Chaidh aithisgean a dhèanamh air Suimeannan Pàichte le Luchd-fiach, Bancadh, Tabhartasan do na Priomh Bhuidhnean Gàidhlig, Coileanadh na Buidhne, Seirbheisean

The Board is committed to a process of continuous development and improvement by developing systems in response to any relevant reviews and developments in best practice in this area to:

- recognise the importance of risk management in the activities of the organisation, and has led on the development of a revised Strategic Risk Register for the Authority;
- ensure that Risk Management principles are embedded as part of normal management process;
- regularly update the Risk Register;
- receive periodic reports from the Chair of the organisation's Audit & Risk Management Committee to the Board, concerning internal control; and
- ensure that systems continue to incorporate risk management into the Board's funding awards and into its overall corporate planning process.

The Board follows the Scottish Government policy on Information Security and has a Senior Information Risk Owner in place to manage risk to information.

### Internal Audit

The internal audit function is an integral part of the internal control system. Bòrd na Gàidhlig's internal audit service is provided internally by Alex Graham, CA, with an Annual Plan based on consideration of materiality, corporate importance and risk. Reports have been produced which covered Creditor Payments, Banking, Grants to Principal Gaelic Bodies, Organisational Performance, Shared Services and Procurement and Information Services. The internal audit findings, recommendations and agreed actions are

---

Co-roinnte agus Solarachadh Sheirbheisean is Seirbheisean Fiosrachaiddh. Gheibhear toraidhean an in-sgrùdaidh, na molaidhean agus na gniomhan aontaichte sna h-aithisgean fa leth a gheibh an luchd-stiùridh tron bhliadhna, agus thèid geàrr-chunntasan orra sin a chur ris na h-aithisgean ràitheil a gheibh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan. Nan cois sin tha beachd air cho iomchaidh agus buadhach 's a tha an siostam in-smachd, agus molaidhean airson leasachaidhean a thèid a chur an sàs leis an luchd-stiùridh.

Bidh an Neach In-sgrùdaidh a' foillseachadh aithisg bhliadhnailean beachd air an t-siostam in-smachd. Bidh an Neach In-sgrùdaidh a' gabhail beachd air an fhreàm-smachd agus iad a' gabhail ealla ri:

- Toraidhean nan sgrùdaidhean a rinneadh air feadh na bliadhna, agus gniomhan a dh'aontaich an luchd-stiùridh a dhèanamh ri linn na chaidh a lorg leis na sgrùdaidhean;
- Gniomhan a rinn luchd-stiùridh mu choinneamh mholaidhean bho sgrùdaidhean a chaidh a dhèanamh roimhe; agus
- Cho mothachail 's tha luchd-obrach air cùisean co-cheangailte ri smachd agus cho deònach agus a tha iad cùisean a leasachadh.

'S e am beachd airson 2017/18 gu bheil "An Neach In-sgrùdaidh den bheachd, a rèir na h-obrach a rinn e air feadh 2017/18, gu bheil frèam smachd freagarrach aig Bòrd na Gàidhlig sna siostaman air an do rinneadh sgrùdad".

## In-smachd

Tha an siostam in-smachd na phàirt cudromach de ar frèam-riaghlaidh agus chaidh a dhealbh gus rian reusanta a chumail air cunnartan. Chan urrainn dha cur às don a h-uile cunnart a th' ann nach coilean sinn ar poileasaidhean, amasan is cinn-uidhe agus mar sin chan fhaodar a bhith gu tur

presented in the individual reports issued to management during the year and are summarised in the quarterly reports presented to the Audit & Risk Management Committee. These include an opinion on the adequacy and effectiveness of the system of internal control, together with recommendations for improvements, which are implemented by management.

Each year Internal Audit issues an annual report which includes an opinion on the system of internal control. Internal Audit's opinion on the framework of controls is based on the following considerations:

- The results of audits undertaken during the year, and remedial actions agreed with management in response to findings;
- Actions taken by management in response to previous audit recommendations; and
- Control awareness amongst employees and appetite for implementing improvements.

The opinion for year 2017/18 is that "On the basis of work undertaken during the year 2017/18, the Internal Auditor therefore considers that Bòrd na Gàidhlig has a satisfactory control framework in the systems reviewed".

## Internal Control

The system of internal control is a significant part of the governance framework and is designed to manage risk to a reasonable level. It cannot eliminate all risk of failure to achieve policies, aims and objectives and can therefore only provide reasonable and not absolute assurance of

# AITHISG AIR RIAGHLADH CORPORRA

# CORPORATE GOVERNANCE REPORT

cinnteach às cho èifeachdach 's a bhios e. Tha an siostam in-smachd stèidhichte air pròiseasan leantainneach a chaith a dhealbh gus cunnartan, do choileanadh phoileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe Bhòrd na Gàidhlig, a chomharrachadh agus priomhachas a chur orra. Cuideachd tha e a' measadh dè cho buailteach agus a tha e gun tig na cunnartan sin gu bith agus dè a' bhuaidh a bhiodh aca, agus chaith an siostam a dhealbh gus rian a chumail air cunnartan gu h-èifeachdach is gu caomhntach.

Tha an siostam in-smachd air a bhith an sàs airson na bliadhna a chriochnaich air 31 Màrt 2018, agus suas chun a' chinn-latha air an d' fhuair an aithisg bhliadhnailean is cunntasan aonta, agus a rèir stiùiridhean Mhiniștearan na h-Alba a gheibhear ann an LIPA.

## Ath-sgrùdadadh air Èifeachd In-smachd agus Rianachd Chunnartan

Mar an t-Oifigear Cunntachail, tha e an urra riumsa ath-sgrùdadadh a dhèanamh air èifeachd an t-siostaim in-smachd agus nam modhan gus rian a chumail air cunnartan. Bidh am fiosrachadh a leanas gam chuideachadh le seo:

- teisteanas dearbhachd le liosta-dhearbhaidh in-smachd air a coileanadh, a bheir Ceann Roinn an Iomhais dhomh agus sin a' dearbhadh gu bheil na modhan-smachd ag obair gu math agus, mas iomchaidh, bheirear iomradh air duilgheadasan sam bith;
- obair an neach in-sgrùdaidh, a bheir aithisgean gu cunbalach do Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan a' Bhùird Stiùridh (nan cois sin tha am beachd neo-eisimeileach is cothromach air cho iomchaidh is buadhach 's a tha siostaman in-smachd Bhòrd na Gàidhlig agus molaidhean airson leasachaidh);
- beachdan a thug an Luchd-sgrùdaidh bhon Taobh A-muigh seachad san litir stiùridh aca agus aithisgean eile;

effectiveness. The system of internal control is based on an ongoing process designed to identify and prioritise the risks to the achievement of Bòrd na Gàidhlig's policies, aims and objectives; to evaluate the likelihood of those risks being realised, the impact should they be realised and to manage them efficiently, effectively and economically.

The system of internal control has been in place for the year ended 31 March 2018, and up to the date of approval of the annual report and accounts, and accords with guidance from Scottish Ministers provided in the SPF.M.

## Review of Effectiveness of Internal Control and Risk Management

As Accountable Officer, I have responsibility for reviewing the effectiveness of the system of internal control and risk management arrangements. My review is informed by:

- a certificate of assurance supported by an internal control checklist, that the controls are working well and, if applicable, stating areas of concern;
- the work of the internal auditor, who submits regular reports to the Board's Audit & Risk Management Committee (this includes an independent and objective opinion on the adequacy and effectiveness of Bòrd na Gàidhlig's systems of internal control together with recommendations for improvement);
- comments made by External Audit in their management letter and other reports;

- 
- an aithisg bhliadhnaile a gheibh mi bho Chathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan, le fiosrachadh mu obair na comataidh air feadh na bliadhna;
  - ath-sgrùdaidhean ràitheil bhon Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan air clàran-chunnartan na buidhne agus obair an neach in-sgrùdaidh agus iad a' measadh dè cho èifeachdach agus a tha modhan gus rian a chumail air cunnartan; agus
  - fiosrachadh bhon àrd luchd-stiùiridh, ris a bheil e an urra, mar Sgioba Stiùiridh na buidhne, frèam in-smachd a dhealbh agus a chumail suas agus bheir iad seachad dearbhadh air èifeachd nan siostaman aig coinneamhan den Sgioba Stiùiridh.
  - the annual report provided to me by the Chair of the Audit & Risk Management Committee, detailing the work of that committee during the year;
  - periodic reviews by the Audit & Risk Management Committee of the organisation's risk registers and the work of internal audit in assessing effectiveness of risk management arrangements; and
  - the executive managers within the organisation, who as the Leadership Team have responsibility for the development and maintenance of the internal control framework and who provide assurance on systems within Leadership Team meetings.

Ni am Bòrd Stiùiridh ath-sgrùdadadh air an t-siostam in-smachd gus dèanamh cinnteach gu bheil e fhathast a' toirt dearbhadh dhuinn a thaobh coileanadh ar dleastanasan fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

#### Modhan-obrach airson Strì eadar Com-pàirtean

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cur an sàs modhan-obrach teann is iomlan gus dèligeadh ri strì sam bith a dh'fhaodadh èirigh eadar com-pàirtean. Bithear a' cumail Clàr Chom-pàirtean, airson Buill a' Bhùird, agus thèid ùrachadh gach bliadhna. Faodaidh duine sam bith seo fhaicinn, agus bithear ga fhoillseachadh air làrach-lin Bhòrd na Gàidhlig.

Bidh Buill a' clàradh strì sam bith a dh'fhaodadh a bhith eadar nithean sa bheil com-pàirt aca aig toiseach gach coinneamh den Bhòrd Stiùiridh agus fàgaidh iad a' choinneamh airson cùis sam bith sa bheil com-pàirt aca. Thèid na com-pàirtean seo a chlàradh sna geàrr-chunntasan.

The Board will review the system of internal control to ensure that this continues to provide assurances regarding its responsibilities in respect of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.

#### Conflict of Interest Procedures

Bòrd na Gàidhlig operates strict and comprehensive procedures to deal with potential conflicts of interest. A register of interests, covering Board members, is held and updated on an annual basis. This is available for examination by any member of the public wishing to do so, and is published on Bòrd na Gàidhlig's website.

Members record any potential conflicts of interest at the start of every Board meeting and absent themselves from discussions on any matters in which they have an interest. These declarations are recorded in the minutes of the meeting.

## Cùisean Cudromach a thaobh Riaghlaidh

'S e as mothà a bhios a' fàgail dùblan romhainn a thaobh riaghlaidh, mar a dh'fheumas sinn ar builean a choileanadh aig àm glè dhoirbh a thaobh ionmhais, agus gus sin a dhèanamh bidh na gniomhan is goireasan a leanas a dhìth:

- A' togail air an obair a rinneadh a-cheana gus leòrsinn choitcheann a chur air adhart còmhla ri ar buidhnean com-pàrteach gus an tèid ar cinn-uidhe a choileanadh san dòigh as èifeachdaiche agus as buadhmhoire as urrainnear.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil structar luchd-obrach freagarrach ann airson gach buil a choileanadh.
- A' dèanamh cinnteach gum faigh Buill neo-dhreuchdail is priomh oifigearan an trèanadh is an taic a bheir dhaibh na sgilean agus an t-eòlas a dh'fheumas iad gus an dleastanasan a choileanadh gu h-èifeachdach. An lùib seo chaidh trèanadh ann an Rianachd Chunnartan a thoirt do na Buill uile agus don Sgoba Stiùiridh.
- An t-ionmhas agus na goireasan a tha dhìth gus an urrainnear dleastanasan reachdail a bharrachd a choileanadh.

## Governance Issues

The key governance challenges centre on delivery of outcomes in the context of a tight financial climate and will involve:

- Continuing the work already done to promote a shared vision with our partner bodies to secure the delivery of our objectives in the most effective and efficient way.
- Ensuring that appropriate staff structures are in place to deliver the desired outcomes.
- Ensuring that non-executive members and senior officers receive training and support necessary to provide them with the skills and knowledge to carry out their roles effectively. This has included Risk Management training done for all Board and Leadership.
- The resources required to continue to meet additional statutory requirements.

# AITHISG AIR TUARASTALAN IS **LUCHD-OBRACH**

## REMUNERATION AND **STAFF REPORT**

### Aithisg air Tuarastalan

#### Neo-sgrùdaichte

Bidh luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig a' faighinn tuarastal tro structar pàighidh le diofar irean, a tha stèidhichte air irean pàighidh a bhios Riaghaltas na h-Alba a' cur an gniomh. Tha seo a' toirt dhuinn dòigh chothromach, shoilleir agus sheasmhach leis am faodar mar a ghluaiseas daoine tro na h-irean pàighidh a mheasadh, a stèidheachadh agus a riaghadh, agus sin stèidhichte air mar a tha am Bòrd agus luchd-obrach a' coileanadh an cuid dhleastanasan. Tha am Bòrd air an aon stèidh ri Riaghaltas na h-Alba a thaobh chùisean co-cheangailte ri pàigheadh, agus thèid dèiligeadh ri criochan pàighidh fon phròiseas, "buidhnean nas lughá".

### Remuneration Report

#### Unaudited

Bòrd na Gàidhlig staff are remunerated on a pay and grading structure based on the pay scales operated by the Scottish Government. This provides a rigorous, fair and transparent mechanism for assessing, determining and managing salary progression through grades, based on Bòrd and individual performance levels. The Bòrd is aligned to Scottish Government for pay purposes, and pay remits are handled under the process for "smaller bodies".

	Sgrùdaichte	Audited	
	17/18 Lomlan Total £'000	16/17 Lomlan Total £'000	
<b>Tuarastalan Buill a' Bhùird</b> Tuarastalan/Duaisean:			<b>Remuneration of Board Members</b> Remuneration/ Fees:
Cathraiche - Ailean Dòmhnullach	13	13	Cathraiche (Chair) - Allan MacDonald
Buill eile	65	58	Other members
<b>Iomlan</b>	<b>78</b>	<b>71</b>	<b>Total</b>

# AITHISG AIR TUARASTALAN IS **LUCHD-OBRACH**

## REMUNERATION AND **STAFF REPORT**

### Buill a' Bhùird Board Members

	<b>Tuarastalan Remuneration</b> <b>17/18</b> <b>£</b>	<b>16/17</b> <b>£</b>	
Cathraiche – Ailean Dòmhnullach	12,989	12,860	Cathraiche (Chair) – Allan MacDonald
Elasaid Nic an t-Saoir	-	5,893	Elizabeth McAtear
Colla Dòmhnullach	-	1,595	Coll MacDonald
Iain MacLeòid	-	5,893	Iain MacLeod
Fiona O' Hanlon	-	5,893	Fiona O' Hanlon
Dòmhnull MacLeòid	6,495	6,431	Donald MacLeod
Seumas M Whannel	6,495	6,431	Jim M Whannel
Johan Nic a' Ghobhainn	6,495	6,431	Johan Smith
Dòmhnull MacSuain	6,495	6,431	Donald MacSween
Màiri T NicAonghais	6,495	6,431	Mary T MacInnes
Joy Dunlop	6,495	6,431	Joy Dunlop
Fiona Dunn	6,495	-	Fiona Dunn
Jennifer Gilmour	6,495	-	Jennifer Gilmour
Màiri Anna NicUalraig	6,495	-	Mary Ann Kennedy
Ailean Caimbeul	6,495	-	Allan Campbell
<b>Iomlan</b>	<b>77,939</b>	<b>70,720</b>	<b>Total</b>

### Tuarastal a' Chathraiche Remuneration of Cathraiche

	<b>17/18 Tuarastal</b> <b>Salary</b> <b>£'000</b>	<b>17/18 Buannachdan Neo- ionmhasail</b> <b>Benefits in Kind</b> <b>£'000</b>	<b>16/17 Tuarastal</b> <b>Salary</b> <b>£'000</b>	<b>16/17 Buannachdan Neo- ionmhasail</b> <b>Benefits in Kind</b> <b>£'000</b>	
Cathraiche					Cathraiche
Ailean Dòmhnullach	10 - 15	-	10 - 15	-	Allan MacDonald

Thèid tuarastalan nan Stiùirichean aontachadh le Ministearan na h-Alba agus tha iad air an stèidheachadh a rèir "Poileasaidh Pàighidh na Roinne Poblaiche airson Àrd-dhreuchdan" (faicibh [www.scotland.gov.uk/publications](http://www.scotland.gov.uk/publications) airson tuilleadh fiosrachaидh).

Directors' remuneration is approved by Scottish Ministers and is determined according to the "Public Sector Pay Policy for Senior Appointments" (see [www.scotland.gov.uk/publications](http://www.scotland.gov.uk/publications) for further detail).

### Tuarastalan a' Cheannaird is an Sgioba Stiùiridh Remuneration of Ceannard and Leadership Team

Ball den Sgioba Stiùiridh Leadership Team Member	17/18 Tuarastal  Salary £'000	17/18 Buannachdan Neo- ionmhasail (chun an £100 as fhaisge)  Benefits in Kind (to nearest £100) £'000	17/18 Sochairean Peinnsein  Pension Benefits £'000	17/18 Iomlan  Total £'000	16/17 Tuarastal  Salary £'000	16/17 Buannachdan Neo- ionmhasail (chun an £100 as fhaisge)  Benefits in Kind (to nearest £100) £'000	16/17 Sochairean Peinnsein  Pension Benefits £'000	16/17 Iomlan  Total £'000
Shona NicIllinnein (Ceannard) Shona MacLennan (Ceannard (CEO))	70-75	-	31	100-105	55-60 (FYE 70-75)	-	19	75-80
Daibhidh Boag (Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd) David Boag (Director of Language Planning & Community Developments)	65-70	-	26	90-95	65-70	-	25	90-95
Mona Wilson (Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig) Mona Wilson (Director of Gaelic Education)	60-65	-	20	80-85	40-45 (FYE 55-60)	-	14	55-60
Alasdair MacFhionghuin (Ceann nan Seirbheisean Corporra) Alasdair MacKinnon (Head of Corporate Services)	55-60	-	22	75-80	55-60	-	21	75-80
Steven MacIomhair (Ceann Roinn a' Chonalaith, Margaideachd is TF) gu 5 Cèitean 2017 Steven MacIver (Head of Communications, Marketing & IT) to 5 May 2017	5-10 (FYE 45-50)	-	6	10-15	45-50	-	21	65-70
Graham Nisbet (Ceann Roinn an Iomhais) gu 23 Gearran 2018 Graham Nisbet (Head of Finance) to 23 February 2018	45-50 (FYE 50-55)	-	23	70-75	25-30 (FYE 50-55)	-	15	40-45

### A' Foillseachadh Fios air Pàigheadh Cothromach

Tha aig buidhnean a tha dèanamh aithris ri coimeas a dhèanamh eadar an neach-obrach aig a bheil an tuarastal as mothà agus tuarastal cuibheasach luchd-obrach na buidhne.

### Fair Pay Disclosure

Reporting bodies are required to disclose the relationship between the remuneration of the highest paid staff member in their organisation and the median remuneration of the organisation's workforce.

# AITHISG AIR TUARASTALAN IS LUCHD-OBRACH

## REMUNERATION AND STAFF REPORT

B' e bann tuarastail an neach-obrach (an Ceannard) a fhuair am pàigheadh as àirde aig Bòrd na Gàidhlig sa bhliadhna ionmhais seo £70,000 – £75,000 (16/17 £70,000 – £75,000). Bha seo 2.3 uiread (16/17 2.3) 's a bha tuarastal cuibheasach an luchd-obrach, a bha aig £32,130 (16/17 – £31,811).

Rè na bliadhna cha d'fhuair duine den luchd-obrach (cha d'fhuair duine ann an 16/17 nas mothà tuarastal a bha nas motha na fhuair an Ceannard. Bha tuarastalan aig daoine eadar £20,436 agus £67,660 (16/17 £20,406 – £66,990).

### Làn-chòraichean Buill a' Bhùird, a' Cheannaird agus an Sgioba Stiùiridh a thaobh Pheinnseanan

Tha am Bòrd a' cur an sàs sgeama shochairean suidhichte mar bhuidhim aig a bheil com-pàirt ann am Maoin Pheinnseanan Comhairle na Gàidhealtachd, agus tha stòras na maoine sin air a chumail ann am maoin fa leth fo stiùir urrasairean (nota 10 airson nan aithrisean ionmhasail).

Fo FreM, feumar fiosrachadh fhoillseachadh a thaobh làn-chòraichean peinnsein Buill a' Bhùird, a' Cheannaird agus an Sgioba Stiùiridh.

Chan eil còraichean peinnsein idir aig Buill a' Bhùird. Chithear làn-chòraichean peinnsein an Sgioba Stiùiridh gu h-ìosal.

The banded remuneration of the highest-paid staff member (Ceannard (CEO)) in Bòrd na Gàidhlig in the year was £70k – £75k (16/17 £70k – £75k). This was 2.3 times (16/17 2.3) the median remuneration of the workforce, which was £32,130 (16/17 – £31,811).

During the year Nil employees (16/17 Nil) received remuneration in excess of the Ceannard. Remuneration ranged from £20,436 to £67,660 (16/17 £20,406 – £66,990).

### Pension entitlements of Board Members, Ceannard and Leadership Team

The Bòrd operates a defined benefit scheme as an admitted body under the Highland Council Pension Fund, the assets of which are held in a separate trustee administered fund (note 10 to the financial statements).

The FReM requires the disclosure of the information regarding the pension entitlements of the Board Members, Ceannard and Leadership Team.

Board Members do not have any pension entitlement. The pension entitlements of the Leadership Team are set out below.

**Tuarastalan a' Cheannaird is an Sgioba Stiùiridh**  
**Remuneration of Ceannard and Leadership Team**

Ball den Sgioba Stiùiridh Leadership Team Member	Luach nam Peinnseanan air 31/03/18 agus Caob Aigrid Co- cheangailte	An dearbh mheudachadh sa Pheinnsean agus Caob Aigrid Co- cheangailte a gheibhear aig Aois a' Pheinnsean	CETV air 31/03/18	CETV air 31/03/17	Dearbh mheudachadh sa CETV
	Bannan de £5,000  Accrued Pension as at 31/03/18 and Related Lump Sum  Bandings of £5,000	Bannan de £2,500  Real Increase in Pension and Related Lump Sum at Pension Age  Bandings of £2,500	£'000  CETV at 31/03/18	£'000  CETV at 31/03/17	£'000  Real Increase in CETV
<b>Shona NicIllinnein (Ceannard)</b> <b>Shona MacLennan (Ceannard (CEO))</b>	0-5	0-2.5	35	15	13
<b>Daibhidh Boag (Stiùiriche Planadh Càinain is Leasachaidhean Coimhearsnachd)</b> <b>David Boag (Director of Language Planning &amp; Community Developments)</b>	10-15	0-2.5	105	88	11
<b>Mona Wilson (Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig)</b> <b>Mona Wilson (Director of Gaelic Education)</b>	0-5	0-2.5	27	11	11
<b>Alasdair MacFhionghuin (Ceann nan Seirbheisean Corporra)</b> <b>Alasdair MacKinnon (Head of Corporate Services)</b>	5-10	0-2.5	105	88	12
<b>Steven MacÌomhair (Ceann Roinn a' Chonaltraidh, Margaideachd is TF) gu 5 Cèitean 2017</b> <b>Steven MacIver (Head of Communications, Marketing &amp; IT) to 5 May 2017</b>	0-5	0-2.5	25	22	2
<b>Graham Nisbet (Ceann Roinn an Ionmhais) gu 23 Gearran 2018</b> <b>Graham Nisbet (Head of Finance) to 23 February 2018</b>	0-5	0-2.5	34	17	12

# AITHISG AIR TUARASTALAN IS **LUCHD-OBRACH**

---

## REMUNERATION AND **STAFF REPORT**

### Sochairean Cluaineis

Airson buill a ghabh com-pàirt san sgeama pheinnsein ron 1 Giblean 2009, bidh sochairean gan gleidheadh aig an ire, aon ochdadamh pàirt den tuarastal air am faighear peinnsean airson gach bliadhna de dh'obair, suas gu 40 bliadhna aig a' char as fhaide, còmhla ri caob airgid luach trì uiread a' pheinnsein airson na h-ùine a rinn iad seirbheis gu 31 Màrt 2009. Airson greisean seirbheis às dèidh sin, tha còir aca air sochairean air an aon stèidh ri buill ùra.

Airson buill a ghabh com-pàirt san sgeama pheinnsein air no às dèidh 1 Giblean 2009, bidh sochairean gan gleidheadh aig an ire, aon seasgadamh pàirt den tuarastal air am faighear peinnsean airson gach bliadhna de dh'obair suas gu 31 Màrt 2015. Chan fhaigh iad caob airgid aig deireadh chùisean gun dad a dhèanamh, ge-tà, faodaidh iad pàirt den pheinnsean bhliadhnaile aca a chleachdad airson gum bi caob airgid aca nuair a leigeas iad dhiubh an dreuchd.

Bho 1 Giblean 2015, chaidh an sgeama na sgeama stèidhichte air cosnadh cuibheasach thar beatha dhreuchdail le ath-luachadh, le 49mh pàirt ga chur an dàrna taobh gach bliadhna de dh'obair bhon cheann-latha sin. Chan fhaigh iad caob airgid aig deireadh chùisean gun dad a dhèanamh, ge-tà, faodaidh iad pàirt den pheinnsean bhliadhnaile aca a chleachdad airson gum bi caob airgid aca nuair a leigeas iad dhiubh an dreuchd.

### Retirement Benefits

Members joining the pension scheme before 1 April 2009 accrued benefits at the rate of 1/80th of pensionable salary for each year of service, subject to a maximum of 40 years, together with a lump sum of three times the pension for the period of service to 31 March 2009. For periods after that date, they are entitled to benefits on the same basis as new members.

For members joining the pension scheme on or after 1 April 2009, benefits accrue at the rate of 1/60th of pensionable salary for each year of service until 31 March 2015. There is no automatic lump sum however there is an entitlement to commute part of their annual pension for a lump sum on retirement.

From 1 April 2015 the scheme became a career average re-valued earnings scheme, with benefits accruing at 1/49 of pensionable service for each year of service from this date. There is no automatic lump sum however there is an entitlement to commute part of their annual pension for a lump sum on retirement.

## Luach an Airgid airson Peinnsean a Ghlusad

'S e th' ann an Luach an airgid airson peinnsean a ghlusad (CETV) luach àireamhaichte nan sochairean a tha ball air a ghleidheadh bho sgeama peinnsein suas gu àm sònraichte agus sin air a mheasadh le clèireach-urrais. 'S iad na sochairean a thèid a mheasadh, sochairean a' bhuill, agus peinnsean sam bith eile aig an companach a thèid a phàigheadh bhon sgeama. 'S e a th' ann an CETV sùim a thèid a phàigheadh le sgeama peinnsein no rèiteachadh gus sochairean peinnsein a ghleidheadh ann an sgeama peinnsein eile no rèiteachadh airson nuair a tha ball a' fàgail sgeama agus iad a' roghnachadh na sochairean a ghlèidh iad sa chiad sgeama a ghlusad. Tha na figearan peinnsein a tha gan sealltainn a' buntainn ri sochairean a tha an neach fa leth air a ghleidheadh mar thoradh air a' bhallrachd iomlan a th' aca san sgeama pheinnsein, chan e direach an t-seirbheis a ni iad mar phàirt den sgioba stiùiridh a dh'fheumar fhoillseachadh.

## Dearbh Mheudachadh sa CETV

Tha seo a' sealltainn meudachadh sa CETV a tha gu ire mhòr air a mhaoineachadh leis an fhastaiche. Mar phàirt dheth tha suimeannan a chuir an neach-obrach ris (a' gabhail a-staigh luach shocairean sam bith a chaidh a ghlusad bho sgeama no aonta peinnsein eile) agus bidh e a' cleachdadhbh buaidhean coitcheann a' mhargaidh air luachadh airson toiseach agus deireadh na h-ùine, ach chan eil e a' gabhail a-staigh àrdachadh sa pheinnsean ri linn atmhorachd.

## Cash equivalent transfer values

A cash-equivalent transfer value (CETV) is the actuarially assessed capitalised value of the pension scheme benefits accrued by a member to a particular point in time. The benefits valued are the member's benefits and any contingent spouses pension payable from the scheme. A CETV is a payment made by a pension scheme or arrangement to secure pension benefits in another pension scheme or arrangement when the member leaves a scheme and chooses to transfer the benefits accrued in the former scheme. The pension figures shown relate to the benefits that the individual has accrued as a consequence of their total membership of the pension scheme, not just their service in a senior capacity to which disclosure applies.

## Real increase in CETV

This reflects the increase in CETV effectively funded by the employer. It includes contributions paid by the employee (including the value of any benefits transferred from another pension scheme or arrangement) and uses common market valuation factors for the start and end of the period but does not include the increase in accrued pension due to inflation.

# AITHISG AIR TUARASTALAN IS **LUCHD-OBRACH**

## REMUNERATION AND **STAFF REPORT**

### **AITHISG AIR LUCHD-OBRACH** **Cosgaisean Luchd-obrach Sgrùdaichte**

### **STAFF REPORT** **Audited Staff Costs**

<b>Luchd-obrach le Cùmhnant Stèidhichte</b> <b>Permanently Employed staff</b>			
	<b>£ 17/18</b>	<b>£ 16/17</b>	
Pàigheadh is Tuarastalan	827,535	813,594	Wages and salaries
Cosgaisean shochairean sòisealta	81,889	77,421	Social security costs
Cosgaisean Peinnsein	283,791	199,202	Pension costs
Cosgaisean iomlan clàr-pàighidh an luchd-obrach	1,193,215	1,090,217	Total of staff payroll costs
<b>Buill a' Bhùird</b> <b>Board Members</b>			
Tuarastalan	77,939	70,720	Fees
Cosgaisean shochairean sòisealta	899	655	Social Security Costs
Cosgaisean iomlan clàr-pàighidh Buill a' Bhùird	78,838	71,375	Total of Board Member payroll costs
Cosgaisean iomlan clàr-pàighidh an Luchd-obrach is Buill a' Bhùird	1,272,053	1,161,592	Total of Staff and Board Member Payroll Costs

### **Neo-sgrùdaichte**

#### Co-ionannachd is Iomadachd

Mar Bhuidhinn Phoblaich Neo-roinneil de Riaghaltas na h-Alba, tha am Bòrd a' cumail ri poileasaidh freagarrach airson daoine ciorramach agus tha e a' cumail ri riatanasan Achd na Co-ionannachd 2010.

Tha am Bòrd a' gabhail os làimh poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba airson co-ionannachd chothroman is iomadachd. Sa phoileasaidh airson co-ionannachd chothroman thathar ag ràdh gun tèid dèiligeadh ris gach neach-obrach ann an dòigh cho-ionann agus cha toir na leanas buaidh air sin: gnè, suidheachadh pòsaidh/a thaobh companas

### **Unaudited**

#### Equality and Diversity

As an Non-Departmental Public Body of the Scottish Government, the Bòrd follows relevant disability policy and adheres to the requirements of the Equality Act 2010.

The Bòrd adopts the Scottish Government policies on equal opportunities and diversity, and fulfills its duties under the Public Sector Equality Duty. The policy on equal opportunity states that all staff should be treated equally irrespective of their sex, marital/civil partnership status, age, race, ethnic origin, sexual orientation, disability, religion or

catharra, aois, cinneadh, freumhan cinneachail no dùthchail, taobh gnèitheasach, ciorram, creideamh no na tha neach a' creidsinn, pàtral obrach, suidheachadh cosnaidh, aithne gnè (tar-ghnè), suidheachadh màthaireil no athaireil, uallach cùraim no ballrachd ann an aonadh-ciùird.

A' dol a rèir poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, tha e mar uallach sònraichte air a' Bhòrd cur ri iomadachd an luchd-obrach aig a' bhuidhinn. Tha am Bòrd a' cur roimhe sgilean is eòlas a h-uile neach-obrach a leasachadh agus tha e a' cur luach sna dòighean-smaoineachaidh is sgilean eadar-dhealaichte a th' aig gach duine aca. Tha am Bòrd air cur roimhe a dhleastanasan a choileanadh ann an dòigh far a bheilear a' brosnachadh co-ionannachd chothroman, agus tha e na amas dha cur às do leth-bhreith mhi-laghail agus dòighean-giùlain eile a tha air an toirm easg fo reachdas co-ionannachd.

Tha am Bòrd a' brosnachadh gu gniomhach an luchd-obrach a bhith a' toirt seachad bheachdan agus gu bhith a' conaltradh ris tro dhiofar mheadhanan. Chaidh Sgrùdadadh Luchd-obrach a dhèanamh ann an 2018 far an robh cothrom aig luchd-obrach beachdan a thoirt seachad agus draghan a thogail le bhith a' freagairt diofar cheistean.

belief, working pattern, employment status, gender identity (transgender), maternity or paternity status, caring responsibility or trade union membership.

In line with Scottish Government policy, the Bòrd is specifically required to increase the diversity of staff within the organisation. The Bòrd undertakes to develop all staff and positively values the different perspectives and skills each brings to our work. The Bòrd is committed to delivering its functions in a manner that encourages equal opportunities, and aims to eliminate unlawful discrimination and other conduct prohibited by equality legislation.

The Bòrd actively encourages feedback and communication from staff through a number of channels. An Employee Survey was completed in 2018 where staff were able to provide their views and concerns in response to a range of questions.

#### NOTA AIR GNÈ

#### GENDER NOTE

	<b>Boireannaich 31 Màrt 2018 Females 31 March 2018</b>	<b>Fireannaich 31 Màrt 2018 Males 31 March 2018</b>	<b>Boireannaich 31 Màrt 2017 Females 31 March 2018</b>	<b>Fireannaich 31 Màrt 2017 Males 31 March 2018</b>	
Buill a' Bhùird	6	5	6	5	Board Members
Àrd Luchd-stiùridh	2	1	2	1	Leadership
Luchd-obrach	15	7	15	7	Employees

# AITHISG AIR TUARASTALAN IS LUCHD-OBRACH

## REMUNERATION AND STAFF REPORT

### Aithris air Co-ionannachd Pàighidh

Tha Bòrd na Gàidhlig air cur roimhe co-ionannachd chothroman is iomadachd a chur air adhart agus a dhaingneachadh anns gach raon de na modhan cosnaidh aige. Tha sinn a' toirt taic don phrionnsapal airson co-ionannachd paighidh don a h-uile neach-obrach againn agus tha sinn ag amas air cur às do leiteachas sam bith a bhios ann an siostam nam buannachdan cosnaidh againn. Tha sin a' gabhail a-steach co-ionannachd nuair a thig e gu gnè, cinneadh, aois, leatromachd no cùram leanaibh, ath-bhuileachadh gnè, taobh gnèitheasach, creideamh no na tha neach a' creidsinn, suidheachadh pòsaidh / companas catharra, freumhan cinneachail agus ciorraman.

Tha seachdnar fhireannach is còig boireannaich deug air am fastadh aig Bòrd na Gàidhlig an-dràsta. Tha am páigheadh a gheibh boireannaich gach uair a thìde sa chumantas aig ire a tha 64% den ire a th' ann sa chumantas airson fireannaich. Fhuras am figear seo le bhith a' déanamh coimeas eadar a h-uile neach-obrach aig a' bhuidhinn. Tha a h-uile neach-obrach a tha san aon seòrsa dreuchd no ann an dreuchdan a tha coltach ri chèile a' faighinn páigheadh a rèir nan aon irean paighidh, irean a tha air an stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba.

### Luchd-obrach Dheth Tinn

Bha daoine dheth tinn sa bhliadhna gu 31 Màrt 2018 airson 241 làithean (16/17 - 148 latha), sin 4.3% (16/17 - 3%) de na làithean a dh'fhaodadh daoine a bhith ag obair. Tha sin coltach ri gach neach-obrach a bhith dheth tinn 10 làithean gu cuibheasach thar na bliadhna (16/17 - 6 làithean). Chaidh 54% den ùine a bha daoine dheth tinn a chomharrachadh mar ùine dheth thar ùine fhada. (Bidh sinn a' clàradh ùine dheth thar ùine fhada nuair a tha cuideigin dheth airson 4 seachdainean no barrachd.)

### Statement on Equal Pay

Bòrd na Gàidhlig is committed to promoting and embedding equality of opportunity and diversity in all aspects of employment. We are committed to the principle of equal pay for all our employees and aim to eliminate any bias in our reward systems. This includes equality on the basis of gender, race, age, pregnancy and maternity, gender reassignment, sexual orientation, religion or belief, marital/civil partnership status, ethnic origin and disability.

There are currently seven male and fifteen female employees of Bòrd na Gàidhlig. The average hourly rate for females is 64% of the average hourly rate for males. This figure is a comparison using all staff within the organisation. Staff who undertake the same or similar roles are on the same pay scales, which are set by the Scottish Government.

### Sickness Absence

Sickness absence during the year to 31 March 2018 was 241 days (16/17 - 148 days), representing 4.3% (16/17 - 3%) of the total number of working days. This equates to an average number of days sickness per member of staff of 10 days (16/17 - 6 days). 54% of the total number of sickness absences recorded were attributed to long-term absence. (We record long-term absence is defined as a period of absence of 4 weeks and more.)

## Fiosrachadh Co-cheangailte ri Cunntachalachd don Phàrlamaid


### Sgrùdaichte

Tiodhlacan agus Tabhartasan air  
Adbharan Carthannais

Phàigh Bòrd na Gàidhlig £45 airson Thiodhlacan  
agus Thabhartasan air Adbharan Carthannais sa  
bhliadhna seo (16/17 – £323).

### Call is Suimeannan Sònraichte

Cha robh call no suimeannan sònraichte ann rè na  
bhliadhna (16/17 – cha robh gin).



**Shona NicIllinnein**  
Oifigear Cunntachail  
24 Dàmhair 2018

## Parliamentary Accountability Disclosures

### Audited

Gifts and Charitable Donations

Bòrd na Gàidhlig paid £45 of Gifts and Charitable  
Donations in the year (16/17 – £323).

### Losses and Special Payments

There were no losses or special payments in the  
year (16/17 Nil).



**Shona MacLennan**  
Accountable Officer  
24 October 2018

# AITHISG AN LUCHD-SGRÙDAIDH NEO-EISIMEILICH DO BHUILL BHÒRD NA GÀIDHLIG, ÀRD-NEACH-SGRÙDAIDH NA H-ALBA AGUS PÀRLAMAID NA H-ALBA

---

## Aithisg air an sgrùdadadh a rinneadh air na h-aithrisean ionmhasail

Beachd air na h-aithrisean ionmhasail

Tha sinn air sgrùdadadh a dhèanamh air na h-aithrisean ionmhasail ann an aithisg bhliadhnailean is cunntasan Bhòrd na Gàidhlig airson na bliadhna a chriochnaich air 31 Màrt 2018 fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Sna h-aithrisean ionmhasail tha Aithris air Caiteachas Iomlan Lom, Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail, Aithris air Sruthan Airgid, Aithris air Atharraichean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chisean agus notaichean airson nan aithrisean ionmhasail, a' gabhail a-steach geàrr-iomradh air na priomh phoileasaidhean cunntasachd. Tha am frèam airson aithrisean ionmhasail a chaidh a chur an sàs ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean seo freagarrach a thaobh an lagha agus Inbhean Eadar-nàiseanta airson Aithrisean Ionmhasail (IFRSs) ris an do ghabh an t-Aonadh Èòrpach, agus mar a chaidh sin a chur an cèill agus atharrachadh ann an Leabhran an Riaghaltais airson Aithisgean Ionmhasail 2017/18 (FReM 2017/18).

## INDEPENDENT AUDITOR'S REPORT TO THE MEMBERS OF BÒRD NA GÀIDHLIG, THE AUDITOR GENERAL FOR SCOTLAND AND THE SCOTTISH PARLIAMENT

## Report on the audit of the financial statements

Opinion on financial statements

We have audited the financial statements in the annual report and accounts of Bòrd na Gàidhlig for the year ended 31 March 2018 under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. The financial statements comprise the Statement of Comprehensive Net Expenditure, the Statement of Financial Position, the Statement of Cash Flows, the Statement of Changes in Taxpayers' Equity and notes to the financial statements, including a summary of significant accounting policies. The financial reporting framework that has been applied in their preparation is applicable law and International Financial Reporting Standards (IFRSs) as adopted by the European Union, and as interpreted and adapted by the 2017/18 Government Financial Reporting Manual (the 2017/18 FReM).

---

Nar beachd-ne tha na h-aithrisean ionmhasail an cois seo:

- a' toirt sealladh fior is cothromach de shuidheachadh na buidhne air 31 Màrt 2018 agus de chaiteachas lom na buidhne airson na bliadhna a chriochnaich an uair sin agus sin a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus stiùridhean bho Mhiniștearan na h-Alba fon Achd;
- air an ullachadh gu ceart a rèir IFRSs mar a chaidh aontachadh leis an Aonadh Eòrpach, agus mar a chaidh a chur an cèill agus atharrachadh ann an FReM 2017/18; agus
- air an ullachadh a rèir riatanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus stiùridhean co-cheangailte ri sin bho Mhiniștearan na h-Alba.

## Bun-stèidh ar Beachd

Tha sinn air sgrùdadadh a dhèanamh a rèir laghan ionchaidh agus Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) (ISAs (RA)). Tha tuilleadh mineachaidh air ar dleastanasan fo na h-inbhean sin san earrainn den aithisg againn le fios air dleastanasan an luchd-sgrùdaidh ann a bhith sgrùdadadh nan aithrisean ionmhasail. Tha sinn neo-eisimeileach gun cheangal ris a' bhuidhinn seo a rèir nan riatanasan beusail a bhuineas ris na sgrùdaidhean a nì sinn air aithrisean ionmhasail san RA a' gabhail a-steach Inbhe Bheusail Comhairle nan Aithisgean Ionmhasail, agus tha sinn air ar dleastanasan beusail a choileanadh a rèir nan riatanasan sin. Tha sinn den bheachd gun d' fhuair sinn fianais sgrùdaidh gu leòr agus freagarrach gus taic a thoirt don bheachd a ghabh sinn.

In our opinion the accompanying financial statements:

- give a true and fair view in accordance with the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and directions made thereunder by the Scottish Ministers of the state of the body's affairs as at 31 March 2018 and of its net expenditure for the year then ended;
- have been properly prepared in accordance with IFRSs as adopted by the European Union, as interpreted and adapted by the 2017/18 FReM; and
- have been prepared in accordance with the requirements of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. and directions made thereunder by the Scottish Ministers.

## Basis of opinion

We conducted our audit in accordance with applicable law and International Standards on Auditing (UK) (ISAs (UK)). Our responsibilities under those standards are further described in the auditor's responsibilities for the audit of the financial statements section of our report. We are independent of the body in accordance with the ethical requirements that are relevant to our audit of the financial statements in the UK including the Financial Reporting Council's Ethical Standard, and we have fulfilled our other ethical responsibilities in accordance with these requirements. We believe that the audit evidence we have obtained is sufficient and appropriate to provide a basis for our opinion.

---

## Co-dhùnайдhean co-cheangailte ri modhan cunntasachd far a bheilear a' gabhail ris gun cùm a' bhuidheann a' dol

Chan eil dad againn ri aithris a thaobh nan cùisean a leanas fo ISAs (RA), air am feum sin aithris a dhèanamh nuair:

- Nach eil e freagarrach modhan cunntasachd a chleachdad, gus aithrisean ionmhasail ullachadh, a tha a' gabhail ris gun cùm a' bhuidheann a' dol; no
- Nach eil a' bhuidheann air cùisean susbainteach a tha ag adhbharachadh mi-chinnt, a chaidh a chomharrachadh, fhoillseachadh sna h-aithrisean ionmhasail, cùisean a dh'fhaodadh teagamhan mòra adhbharachadh mun chomas aca gus cumail orra a' cleachdad mhodhan cunntasachd, a tha a' gabhail ris gun cùm a' bhuidheann a' dol, airson co-dhiù dusan mìos bhon cheann-latha air an deach aontachadh na h-aithrisean ionmhasail fhoillseachadh.

## Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail airson nan aithrisean ionmhasail

Mar a chaidh mìneachadh ann am barrachd doimhneachd san Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail, tha an t-Oifigear Cunntachail a' gabhail uallach airson aithrisean ionmhasail ullachadh a tha a' toirt sealladh fior is cothromach air cùisean a rèir frèam nan aithrisean ionmhasail, agus tha uallach orra cuideachd gus na modhan in-smachd a tha an t-Oifigear Cunntachail a' meas iomchaidh a chur an sàs, a nì cinnteach gun tèid aithrisean ionmhasail ullachadh anns nach eil mi-aithris, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd.

## Conclusions relating to going concern basis of accounting

We have nothing to report in respect of the following matters in relation to which the ISAs (UK) require us to report to you where:

- The use of the going concern basis of accounting in the preparation of the financial statements is not appropriate; or
- The body has not disclosed in the financial statements any identified material uncertainties that may case significant doubt about its ability to continue to adopt the going concern basis of accounting for a period of at least twelve months from the date when the financial statements are authorised for issue.

## Responsibilities of the Accountable Officer for the financial statements

As explained more fully in the Statement of the Accountable Officer Responsibilities, the Accountable Officer is responsible for the preparation of financial statements that give a true and fair view in accordance with the financial reporting framework, and for such internal control as the Accountable Officer determines is necessary to enable the preparation of financial statements that are free from material misstatement, whether due to fraud or error.

---

Ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, tha an t-Oifigear Cunntachail a' gabhail uallach airson a bhith a' measadh mar as urrainn don bhuidhinn cumail a' dol, agus airson a bhith a' foillseachadh fios air cùisean, mar as iomchaidh, a bheir buaidh air a' chomas aig a' bhuidhinn a bhith a' cumail a' dol agus airson a bhith a' cleachdadh mhodhan cunntasachd a tha a' gabhail ris gun cùm a' bhuidheann a' dol, mura h-eilear den bheachd nach biodh sin iomchaidh.

#### Dleastanasan an luchd-sgrùdaidh ann a bhith a' sgrùdadadh nan aithrisean Ionmhasail

'S e a tha fa-near dhuinn a choileanadh, gum bi dearbhachd reusanta againn nach eil mi-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd, agus aithisg luchd-sgrùdaidh fhoillseachadh san toir sinn seachad ar beachd air na h-aithrisean ionmhasail. 'S e a th' ann an dearbhachd reusanta, dearbhachd gu math cinnteach; ge-tà, chan eil sin na ghealltanais, ma tha mi-aithris shusbainteach ann, gun toir sgrùdadadh a thèid a chumail a rèir nan Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) an aire dha sin daonnan. Faodaidh mi-aithrisean èirigh bho fhoill no mearachdan agus tha iad air am meas susbainteach ma thathar an dùil gu reusanta gun toir iad, mar mhi-aithris fa leth no mar ghrunn dhiubh còmhla, buaidh air co-dhùnaidhean eaconamach a ni luchd-cleachdaidh stèidhichte air na h-aithrisean ionmhasail seo.

Gheibhear tuilleadh mineachaidh air  
dleastanasan an luchd-sgrùdaidh ann a bhith a'  
sgrùdadadh nan aithrisean ionmhasail air làrach-lìn  
Comhairle nan Aithisgean Ionmhasail  
[www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities](http://www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities).  
Tha am mineachadh sin mar phàirt de dh'aithisg an luchd-sgrùdaidh.

In preparing the financial statements, the Accountable Officer is responsible for assessing the body's ability to continue as a going concern, disclosing, as applicable, matters related to going concern and using the going concern basis of accounting unless deemed inappropriate.

#### Auditor's responsibilities for the audit of the financial statements

Our objectives are to achieve reasonable assurance about whether the financial statements as a whole are free from material misstatement, whether due to fraud or error, and to issue an auditor's report that includes our opinion. Reasonable assurance is a high level of assurance, but is not a guarantee that an audit conducted in accordance with ISAs (UK) will always detect a material misstatement when it exists. Misstatements can arise from fraud or error and are considered material if, individually or in the aggregate, they could reasonably be expected to influence the economic decisions of users taken on the basis of these financial statements.

A further description of the auditor's responsibilities for the audit of the financial statements is located on the Financial Reporting Council's website  
[www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities](http://www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities). This description forms part of our auditor's report.

## Fiosrachadh eile san aithisg bhliadhnaile agus sna cunntasan

Tha an t-Oifigear Cunntachail a' gabhail uallach airson an fhiosrachaideh eile san aithisg bhliadhnaile agus sna cunntasan. 'S e a th' anns an fhiosrachadh eile fiosrachadh nach eil a' nochdadhe sna h-aithrisean ionmhasail, sa phàirt sgrùdaichte den Aithisg air Tuarastalan is Luchd-obrach, agus mar sin nach eil a' nochdadhe san aithisg-sgrùdaidh againn. Chan eil ar beachd air na h-aithrisean ionmhasail a' gabhail a-steach an fhiosrachaideh eile agus chan eil sinn a' dèanamh co-dhùnadhe sam bith a bheireadh dearbhachd a thaobh a leithid a dh'fhiosrachadh, ach a-mhàin a thaobh chùisean air am feum sinn beachdachadh fo stiùireadh laghail bho Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba mar a tha e air a chur sios gu soilleir nas fhaide air adhart san aithisg seo.

Mar phàirt de ar sgrùdadhe air na h-aithrisean ionmhasail, tha e mar dhleastanas oirnn am fiosrachadh uile san aithisg bhliadhnaile agus sna cunntasan a leughadh, agus, ann a bhith a' dèanamh sin, feumaidh sinn beachdachadh feuch a bheil nithean susbainteach san fhiosrachadh eile nach eil a' dol leis na h-aithrisean ionmhasail no nach eil ag aontachadh ris an eòlas a fhuair sinn bhon sgrùdadhe no a bheil coltas ann gu bheil mi-aithris shusbainteach san fhiosrachadh. Ma bheir sinn an aire do leithid a nithean neo-chunbalach susbainteach no gu bheil coltas ann gu bheil mi-aithris ann, bidh againn ri dearbhadh co-dhiù a tha no nach eil mi-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail no mi-aithris shusbainteach den fhiosrachadh eile. Ma nì sinn co-dhùnadhe, stèidhichte air an obair a rinn sinn, gu bheil mi-aithris shusbainteach den fhiosrachadh eile ann, tha againn ri aithris a dhèanamh air sin. Chan eil dad againn ri aithris a thaobh sin.

## Other information in the annual report and accounts

The Accountable Officer is responsible for the other information in the annual report and accounts. The other information comprises the information other than the financial statements, the audited part of the Remuneration and Staff Report, and our auditor's report thereon. Our opinion on the financial statements does not cover the other information and we do not express any form of assurance conclusion thereon except on matters prescribed by the Auditor General for Scotland to the extent explicitly stated later in this report.

